



The Scottish Parliament
Pàrlamaid na h-Alba

SPICe

The Information Centre
An t-Ionad Fiosrachaidh

SPICe Briefing

Pàipear-ullachaidh SPICe

Bile Cìs Luchd-tadhail (Alba) (Visitor Levy (Scotland) Bill

Greig Liddell

Tha Bile Cìs Luchd-tadhail (Alba) (“am Bile”) ag amas air leigeil le ùghdarrasan ionadail cìs a thoirt a-steach, ma thogras iad, air àiteachan-fuirich thar oidhche anns na sgìrean aca. Tha am pàipear-ullachaidh seo ag innse nan adhbharan a tha reachdas ga thoirt a-steach, cùl-fhiosrachadh a’ Bhile agus na h-atharrachaidhean a tha am Bile a’ moladh. Chan eil e na mhìneachadh loidhne-air-loidhne air an reachdas. An àite sin, tha e a’ cuimseachadh air amasan gach pàirt den Bhile agus a’ togail air cùisean a dh’fhaodadh a bhith inntinneach do na BPA againn agus iad a’ sgrùdadh an reachdais thairis air na mìosan a tha romhainn.



20 October 2023
SB 23-33G

Contents

Geàrr-chunntas agus prìomh sgrìobhainnean a' Bhile	3
Ro-ràdh	5
Co-theacsa a' Bhile	7
The road to legislation	7
Eaconamaidh Luchd-tadhail na h-Alba	9
Geàrr-chunntas air "deasbad nàiseanta" Riaghaltas na h-Alba air cìsean luchd-tadhail, ann an 2018 agus 2019	10
Beachdan bho roinn na turasachd a thogadh san "deasbad nàiseanta"	10
Beachdan ùghdarrasan ionadail a thogadh san "deasbad nàiseanta"	11
Am Bile	13
Pàirtean 1 agus 2 – na bhios am Bile a' dèanamh	13
Carson reat sa cheud seach reat suidhichte?	14
Dè an reat/na reataichean a dh'fhaodte a shònrachadh?	14
Dè an seòrsa àite-fuirich a tha air a ghabhail a-steach agus dè nach eil?	17
Cothrom airson saoraidhean ionadail bho chis	19
Saoraidhean bho chis ann an àiteachan eile air feadh na Roinn Eòrpa	19
Pàirt 3 – na bhios am Bile a' dèanamh	20
Sgeama Cìs Luchd-tadhail - dè na riatanasan a th' ann?	21
Mar a bu chòir do ùghdarrasan ionadail dèiligeadh ri teachd a-steach Cìs Luchd-tadhail	22
Pàirt 4 – na bhios am Bile a' dèanamh	22
Pàirt 5 – na bhios am Bile a' dèanamh	23
Peanasan agus faighinn air ais suimean gun phàigheadh	23
Ath-thagraidhean	24
Pàirtean 6 agus 7 – na bhios am Bile a' dèanamh	24
Cosgaisean air ùghdarrasan ionadail	26
Cosgaisean do dh'ùghdarrasan ionadail	26
Cosgaisean air solaraichean àite-fuirich	27
Cosgaisean air an luchd-tadhail fhèin	27
Buaidh a dh'fhaodadh a bhith air àireamhan luchd-turais	29
Bibliography	31

Geàrr-chunntas agus prìomh sgrìobhainnean a' Bhile

Chaidh am Bile Cis Luchd-tadhail (Alba) ¹ a thoirt a-steach air 24 Cèitean 2023. An cois a' Bhile tha nòtaichean mìneachaidh ², meòrachan poileasaidh ³ agus meòrachan ionmhais ⁴, uile air am foillseachadh air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba.

A thuilleadh air sin, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba grunn mheasaidhean buaidh:

- [Business and regulatory impact assessment](#) ¹
- [Equality impact assessment](#)
- [Fairer Scotland duty assessment](#)
- [Island communities impact assessment](#) ²
- [Child rights and wellbeing impact assessment](#)
- [Data protection impact assessment.](#) ³

Is e stòr feumail eile airson a' phàipeir-ullachaidh seo [an Aithisg Oifigeil air seisean fianais a chùim a' Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhadh](#) le Sgioba Bile Riaghaltas na h-Alba san Ògmhios 2023 ⁴.

Tha Meòrachan Poileasaidh a' Bhile ag ràdh:

“...is e amas poileasaidh iomlan a' Bhile cumhachd roghnach a thoirt do ùghdarrasan ionadail gus cìs a thoirt a-steach air còmhnaidh thar oidhche ann an àiteachan-fuirich anns an sgìre aca gu lèir, no ann am pàirt dheth, ma roghnaicheas iad sin a dhèanamh.”

Dhearbh Sgioba Bile Riaghaltas na h-Alba gur e "reachdas comasachaidh" a th' anns a' Bhile ⁴.

Tha am Bile a' mìneachadh na tha air a mheas mar “mhalairt aig a bheil cosgais” agus “àite-fuirich thar oidhche” agus ag ràdh gum bu chòir cìs sam bith a bhith na reat sa cheud de chosgais fuirich thar oidhche (seach mar chosgais shuidhichte de £1, £2 no £5 gach oidhche). Bidh e an urra ri ùghdarrasan ionadail co-dhùnadh a dhèanamh air an reat iomchaidh, agus chan eil crìoch sam bith anns a' Bhile a thaobh dè cho àrd 's a dh'fhaodte reataichean a shuidheachadh.

Tha am Bile cuideachd ag iarraidh gun tèid cìs sam bith a thoirt a-steach mar phàirt de “sgeama cìs luchd-tadhail” foirmeil air a stèidheachadh le ùghdarras ionadail. Faodaidh sgeamaichean a bhith a' buntainn ri sgìre(ean) gu lèir no pàirt(ean) de sgìre ùghdarras ionadail, agus faodaidh dà ùghdarras ionadail no barrachd sgeama a stèidheachadh còmhla ma thogras iad. Tha am Bile a' mìneachadh dè bu chòir gabhail a-steach sna sgeamaichean sin agus mar a bu chòir an leasachadh. Is e rùn a' phoileasaidh, mar a tha air a mìneachadh anns a' Mheòrachan Poileasaidh, gun cleachdar maoinachadh a thèid a thogail le cìs:

“ ...airson a bhith a’ leasachadh, a’ cumail taic ri, agus a’ cumail suas goireasan agus seirbheisean a tha gu mòr airson, no air an cleachdadh leis, an fheadhainn a tha a’ tadhal air sgìre ùghdarras ionadail airson adhbharan cur-seachad ⁵ .”

Beachdachadh Pàrlamaid na h-Alba air a’ Bhile aig Ìre 1

'S e a’ Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhaidh a' phrìomh chomataidh airson a' Bhile. Thairis air an Dàmhair agus an t-Samhain 2023, bidh iad a’ gabhail fianais agus a’ beachdachadh air prionnsapalan coitcheann a’ Bhile aig Ìre 1. Tha a’ Chomataidh an dùil aithisg Ìre 1 ullachadh tràth ann an 2024. Thèid seo a leantainn le deasbad Ìre 1 air prionnsapalan coitcheann a’ Bhile.

Mar phàirt den bheachdachadh aca, dh’iarr a’ Chomataidh fianais sgrìobhte air a’ Bhile ann an [Gairm Bheachdan](#) a thig gu crìch air 15 Sultain 2023. Gus an raon bheachdan agus eòlasan as fharsainghe a chruinneachadh, tha a’ Chomataidh cuideachd a’ cleachdadh [inneal co-chomhairle didseatach](#) gus leigeil le coimhearsnachdan agus daoine fa leth am beachdan air a’ Bhile innse ann an dòigh nas neo-fhoirmeil agus nas eadar-obrachail.

Ro-ràdh

Ged a tha cìsean luchd-turais air a bhith ann an iomadh dùthaich Eòrpach airson deicheadan, 's e Bile Cìs Luchd-tadhail (Alba) a' chiad fhear de sheòrsa san RA. Gu math teann air sàilean na h-Alba, tha Riaghaltas na Cuimrigh ri co-chomhairle air na molaidhean aca fhèin airson Cìs Luchd-tadhail an-dràsta, agus iad an dùil gun tèid reachdas a thoirt a-steach don t-Seanadh thairis air an ath dhà bhliadhna ⁶.

Tha Riaghaltas na h-Alba a' meas gum faodadh Cìs Luchd-tadhail teachd a-steach a thogail air feadh na h-Alba de eadar £17 millean agus £118 millean, a rèir cia mheud ùghdarras ionadail a chuireas cìs an sàs agus dè an reat a roghnaicheas iad ⁷. Tha an tuairmse as àirde stèidhichte air suidheachadh far a bheil cìs ga cur an gnìomh leis na 32 ùghdarrasan ionadail gu lèir, rud nach eil dualtach tachairt. Is e suimean coimeasach beag a tha seo an taca ri caiteachas teachd-a-steach lom iomlan ùghdarrasan ionadail na h-Alba ann an 2021-22 de £11,800 millean ⁸.

Tha coltas ann nach co-dhùin ach glè bheag de chomhairlean brath a ghabhail air na cumhachdan ùra; chan eil eaconamaidh làidir luchd-tadhail aig a h-uile ùghdarras ionadail agus bhithear airson gun togadh cìs sam bith barrachd airgid na chosgadh i a rianachd. Gu dearbh, thuir Sgioba Bile Riaghaltas na h-Alba, gu ruige seo, nach eil ach "trì no ceithir ùghdarrasan ionadail air ùidh a nochdadh ann an cìs luchd-tadhail agus air obair tòiseachaidh a dhèanamh gus cìs a thoirt a-steach" ⁴.

Tha leas-phàipear a' Mheasadh Buaidh air Gnìomhachas is Riaghladh (BRIA) ¹⁰ a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba a' toirt a-steach an clàr a leanas a' sealltainn na dh'fhaodte togail nan deigheadh cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach air feadh na dùthcha. Tha na h-àireamhan seo stèidhichte air [Visit Scotland's regional tourism statistics](#) a chleachdas dòigh caran mì-àbhaisteach airson cruinn-eòlas na h-Alba a sheòrsachadh. A dh'aindeoin sin, tha an clàr fhathast a' sealltainn dè na h-ùghdarrasan ionadail as coltaiche aig am biodh ùidh ann an cìs, mar eisimpleir Dùn Èideann, a' Ghàidhealtachd, Glaschu, agus 's dòcha Obar Dheathain is Earra-Ghàidheal is Bòd..

Table 1: Potential revenue from a visitor levy by region

Region	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 1%	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 2%	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 3%	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 4%	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 5%	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 6%	Teachd a-steach (£m) a rèir reat cise 7%
Dùn Èideann agus Lodainn	5.9	11.9	17.8	23.7	29.6	35.6	41.5
A' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan	3.1	6.1	9.2	12.2	15.3	18.4	21.4
Mòr-sgìre Ghlaschu is Gleann Chluaidh	2.3	4.7	7.0	9.3	11.7	14.0	16.3
Earra-Ghàidheal, na h-Eileanan, Loch Laomainn, Sruighlea agus na Tròiseachan	1.6	3.1	4.7	6.2	7.8	9.4	10.9
Obar Dheathain is Roinn a' Mhonaigh	0.9	1.8	2.7	3.6	4.5	5.4	6.2
Siorrachd Pheairt Fìobha	0.7	1.4	2.1	2.8	3.5	4.2	4.9
Siorrachd Àir agus Arainn	0.4	0.8	1.2	1.6	2.0	2.4	2.7
Dùn Phris Is Gall-Ghàidhealaibh	0.4	0.8	1.2	1.6	1.9	2.3	2.7
Aonghas is Dùn Dè	0.4	0.8	1.1	1.5	1.9	2.3	2.6
Crìochan na h-Alba	0.2	0.3	0.5	0.7	0.9	1.0	1.2
<i>Sgìre gun a shònrachadh</i>	<i>0.4</i>	<i>0.7</i>	<i>1.1</i>	<i>1.4</i>	<i>1.8</i>	<i>2.1</i>	<i>2.5</i>
Alba	16.8	33.7	50.5	67.4	84.2	101.0	117.9

'S e suimean coimeasach beag a tha seo air feadh na dùthcha air fad, ach dh'fhaodadh airgead a bharrachd a bhith cudromach do chuid de dh'ùghdarrasan ionadail leithid comhairlean Dhùn Èideann agus a' Ghàidhealtachd.

Is e seo a' chiad phìos reachdais anns an Rìoghachd Aonaichte a leigeas le ùghdarras ionadail cìs luchd-tadhail a stèidheachadh agus tha Riaghaltas na h-Alba gu mòr airson Bile Cìs Luchd-tadhail a thaisbeanadh mar a' chiad fhear de ghrunn cheuman a tha ag amas air sùbailteachd ionmhais ùghdarrasan ionadail a mheudachadh ⁴. Tha seo a rèir a' Chùmhnaint Ùir a chaidh a shoidhnigeadh o chionn ghoirid agus an dealas a bh' ann airson "slighean soilleir a stèidheachadh gus togail teachd-a-steach ionadail agus tobraichean maoinachaidh a sgrùdadh" ⁹. Ged a tha grunn ùghdarrasan ionadail agus COSLA a' cur fàilte air, chan eil mòran ghnìomhachasan san roinn àiteachan-fuirich airson Bile Cìs Luchd-tadhail fhaicinn. Mar eisimpleir, thuit Fiona Chaimbeul, Ceannard Comann Fèin-fhrithhealaichean na h-Alba, aig an àm a chaidh am Bile a thoirt a-steach ¹⁰:

"Tha na planaichean airson cìs luchd-tadhail a' tighinn aig àm a tha an roinn againn mu thràth fo uallach riaghlaidh gun chrìoch nuair a bu chòir don riaghaltas agus gnìomhachas a bhith ag obair còmhla gus an eallach air gnìomhachasan beaga a lùghdachadh airson obair a dh'ionnsaigh gnìomhachas turasachd seasmhach is soirbheachail ann an Alba san àm ri teachd... Tha gnìomhachasan air galar lèir-sgaoilte fhulang agus tha iad a-nis air am bualadh le èiginn cosgais bith-beò. Dh'fhaodadh na molaidhean seo barrachd cunnairt is mì-chinnt adhbharachadh do roinn far a bheil a' mhargaidh dhachaigheil a' dèanamh suas 70% de na daoine a tha air saor-làithean ann an Alba."

Co-theacsa a' Bhile

Cho fada air ais ri 2018, bha COSLA ¹¹ Cho fada air ais ri 2018, bha COSLA ¹² Cho fada air ais ri 2018, bha COSLA ¹⁴ agus Comhairle Baile Dhùn Èideann ¹⁵ ag iarraidh air Riaghaltas na h-Alba cumhachdan a thoirt do chomhairlean gus am b' urrainn dhaibh cìs turasachd ionadail a thoirt a-steach “ma tha an suidheachadh ceart”. B' e am prìomh adhbhar a bh' aca comhairlean a chuideachadh gus cosgaisean an lùib sheirbheisean poblach a bhios luchd-turais a' cleachdadh a phàigheadh, agus mar sin cur ri eòlas an luchd-tadhail gun chosgais a bharrachd air luchd-còmhnaidh ionadail. Thuir COSLA cuideachd gun cuidicheadh e deamocrasaidh ionadail agus roghainn ionadail a neartachadh nam faigheadh comhairlean cead co-dhùnadh am bu chòir cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach..

Thuir COSLA gur e “cìs air luchd-tadhail agus chan ann air gnìomhachasan” an roghainn a b' fheàrr leotha agus thug e fa-near gur e an RA aon de dìreach naoi dùthchannan san EU-28 (aig an àm sin) nach robh a' togail cìs turasachd. Às dèidh diofar roghainnean a rannsachadh, b' e beachd COSLA nach gabhadh cìs luchd-tadhail ionadail a thoirt a-steach ach le taic agus reachdas comasachaidh bho Phàrlamaid na h-Alba. Cho-dhùin iad gun robh reachdas ùr a dhìth, air na h-adhbharan a leanas:

- Chan eil ‘an cumhachd gus sunnd adhartachadh’ [mar a chaidh a thoirt a-steach le [pàirt 3 de dh'Achd Riaghaltas Ionadail na h-Alba 2003](#)] a' ceadachadh do chomhairle cìs ùr a thogail
- Buinidh fo-laghan ri “deagh riaghailt” agus casg dhraghan agus mar sin chan eil iad freagarrach.
- Cha robh ceadachd de sheòrsa sam bith air a mheas na roghainn iomchaidh.
- Cha bhiodh sgeamaichean saor-thoileach a' dèanamh cinnteach à gèilleadh ri dealbhadh ionadail ¹¹ .

Dhearbh Sgioba Bile Riaghaltas na h-Alba don Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais is Dealbhaidh ⁴ nach eil cumhachdan ann an-dràsta aig ùghdarrasan ionadail gus cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach, “mar sin tha feum air achd gus an cumhachd sin a thoirt dhaibh”.

The road to legislation

Ann an 2016, thuir Rùnaire a' Chaibineit airson Cultar, Turasachd agus Cùisean Taobh a-muigh ris a' Phàrlamaid ¹³ nach robh, aig an àm sin, Riaghaltas na h-Alba an dùil cìs luchd-turais a thoirt a-steach:

“ Chan eil planaichean aig Riaghaltas na h-Alba cìs luchd-turais a thoirt a-steach. Tha gnìomhachas turasachd na h-Alba an-dràsta fo smachd reataichean VAT Riaghaltas na RA, an dàrna fear as motha san EU. Ach tha sinn fosgailte do chòmhradhean le ùghdarrasan ionadail sam bith aig a bheil ùidh, a' tuigsinn gum feumadh beachdachadh gu faiceallach air buaidh sam bith a bhiodh ann.”

Ach, ro 2018, bha coltas gun robh suidheachadh an Riaghaltais air atharrachadh, le

Rùnaire a' Chaibineit airson Cultar, Turasachd agus Cùisean Taobh a-muigh a' freagairt Ceist Pàrlamaid ¹⁴ :

“ Tha Ministearan na h-Alba air a bhith soilleir nach beachdaich iad air iarrtasan gus Cìs Luchd-turais a sgrùdadh mura h-eil gnìomhachas na turasachd agus aoigheachd an sàs bhon fhìor thoiseach agus gu bheil na h-ùidhean fad-ùine aca agus seasmhachd turasachd air an làn aithneachadh”

Goirid às dèidh foillseachadh a' phàipeir COSLA 2018, thòisich Riaghaltas na h-Alba “deasbad nàiseanta” le gnìomhachas na turasachd, ùghdarrasan ionadail agus a' choimhearsnachd gnìomhachais san fharsaingeachd air cìsean luchd-turais ¹⁵ . Lean seo eadar an t-Samhain 2018 agus am Faoilleach 2019 le sia coinneamhan bùird chruinn gan cumail air feadh na h-Alba. Bha Ministear Albannach sa chathair aig gach tachartas, le riochdairean bho gnìomhachas na turasachd, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean gnìomhachais an làthair. Chaidh com-pàirtichean a bhrosnachadh cuideachd beachdan sgrìobhte a chur a-steach agus fhuair 135 freagairt.

A rèir na h-aithisg a tha a' toirt geàrr-chunntas air an deasbad ¹⁵ , , bha riochdairean roinn na turasachd, gu sònraichte riochdairean solaraichean àite-fuirich agus solaraichean fa-leth, gu mòr an aghaidh cìs turasachd. Bha draghan bhon roinn a' cuimseachadh air a' bhuidheachd a bheir cìsean a bharrachd air suidheachadh farpaiseach na h-Alba, ag argamaid gun robh cìsean leithid Reataichean Neo-dhachaigheil agus VAT àrd mar-thà. Bha draghan ann cuideachd mu chosgaisean a bharrachd agus uallaichean ghoireasan air gnìomhachasan.

Mar phàirt de [dh'aonta Buidseit 2019-20 eadar Riaghaltas na h-Alba agus Pàrtaidh Uaine na h-Alba](#), gheall Riaghaltas na h-Alba co-chomhairle a chumail air prionnsapalan 'cìs luchd-turais' no cìs luchd-tadhail air a shuidheachadh gu h-ionadail agus reachdas a thoirt a-steach gus leigeil le ùghdarrasan ionadail leithid a chis a thogail nam biodh iad den bheachd gun robh e “iomchaidh airson shuidheachaidhean ionadail”. Chumadh co-chomhairle phoblach eadar an t-Sultain agus an Dùbhlachd 2019, le [aithisg anailis co-chomhairle air fhoillseachadh sa Mhàrt 2020](#). Thàinig dàil an uair sin ri linn galar lèir-sgaoilte COVID-19, gus an do cheangail [buidseat na h-Alba 2022-23](#) a-rithist Riaghaltas na h-Alba gu bhith ag ath-thòiseachadh obair air moladh Cìs Luchd-tadhail.

Rinn an Lèirmheas Caitheamh Stòrais 2022 aig Riaghaltas na h-Alba ¹⁶ luaidh air Cìs Luchd-tadhail san àm ri teachd ann an co-theacs a' Chùmhnaint Ùir ga rèiteach eadar Riaghaltas na h-Alba agus COSLA. Air fhoillseachadh mar Aonta Taigh Verity san Ògmhios 2023 ⁹ , tha an Cùmhnant Ùir a' gealltainn gun cuir Riaghaltas na h-Alba taic ri sùbailteachdan fiosgail chomhairlean a chur am meud. Gu dearbh, dhearbhadh oifigich Riaghaltas na h-Alba don Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhaidh san Ògmhios gur e “an t-adhbhar as cudromaiche” air cùl a' Bhile Cìs Luchd-tadhail “cumhachd fiosgail a thoirt do ùghdarrasan ionadail le inneal ùr a chleachdadh iad, nan togradh iad, anns na sgìrean aca” ⁴ .

Eaconamaidh Luchd-tadhail na h-Alba

Tha turasachd na pàirt chudromach de dh'eaconamaidh na h-Alba, a' cumail taic ri còrr air 200,000 cosnadh agus a' cur £4.5 billean ri làn luach-leasaichte na h-Alba ^{17 18}. Am measg gnìomhachasan turasachd tha solaraichean àite-fuirich, taighean-bìdh, bàraichean, riochdairean siubhail, taighean-tasgaidh agus gnìomhachasan a tha a' tabhann chur-seachadan is gnìomhachdan chultarail eile. Tha faisg air 3,000 gnìomhachas seirbheisean àite-fuirich clàraichte airson VAT ann an Alba, a' ciallachadh gu bheil an tionndadh bliadhna aca os cionn ìre VAT de £85,000. Tha 2,000 gu 3,000 gnìomhachas nas lugha eile ann nach eil airidh air clàradh VAT ¹. Ann an 2019, thug na gnìomhachasan sin uile seòmraichean, taighean, leapannan agus raointean-fuirich do chòrr air 17.5 millean neach-tadhail thar oidhche ¹⁹.

Tha Measadh Buaidh air Gnìomhachas is Riaghladh a' Bhìle (BRIA) ¹ shows that the size of the visitor economy varies in significance [thar diofar phàirtean](#) de dh'Alba. Mar eisimpleir, bha 37% de chaiteachas iomlan luchd-tadhail ann an Alba, agus 33% de dh'oidhcheannan luchd-tadhail ann an àiteachan-fuirich malairteach, a' tachairt ann an sgìre Dhùn Èideann agus Lodainn eadar 2017 agus 2019. Chunnaic sgìre na Gàidhealtachd 's nan Eilean cuideachd àireamh mhòr de luchd-tadhail thar oidhche – mu 20% de dh'àireamh iomlan luchd-tadhail thar oidhche agus cosgais luchd-tadhail na h-Alba a' tachairt an sin thar na h-ùine sin. Air an làimh eile, ann am Mòr-sgìre Ghlaschu agus Srath Chluaidh, far a bheil 34% de shluagh na h-Alba a' fuireach, cha robh ach 17% de thadhalan iomlan thar oidhche na h-Alba bho 2017 gu 2019.

Bheir luchd-leughaidh fa-near cleachdadh figearan 2017-2019 san earrainn seo. Tha figearan nas ùire rim faighinn - ach tha iad sin gu ìre mhòr a' buntainn ri 2020 agus 2021 nuair a bha an gnìomhachas dùinte, an ìre mhath, airson pàirtean de na bliadhnaichean sin air sgàth galar lèir-sgaoilte COVID-19 agus ceumannan glasaidh co-cheangailte ris. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cleachdadh figearan 2017-19 anns a' BRIA agus a' Mheòrachan Ionmhais aca; ach is fhiach toirt fa-near gum faodadh àireamhan luchd-tadhail airson 2023 agus bliadhnaichean sam bith ri teachd a bhith nas ìsle, no gu dearbh nas àirde, na an fheadhainn a chunnacas san ùine dìreach ron ghalar lèir-sgaoilte.

Còmhla ris na h-àrdachaidhean mòra ann an cosgaisean gnothachais agus duilgheadasan a thaobh luchd-obrach an dèidh Brexit ²⁰, tha na trì bliadhna a dh'fhalbh air a bhith air leth duilich do eaconamaidh luchd-tadhail na h-Alba. Lorg an t-suirbhidh gnìomhachais as ùire a rinn Caidreachas Turasachd na h-Alba sa Chèitean agus san Ògmhios 2023 ²⁰ gu bheil “mòr-chuid de roinn turasachd is aoigheachd na h-Alba cugallach a thaobh ionmhas agus fhathast a' strì ri cumail a' dol”. A dh'aindeoin sin, tha Riaghaltas na h-Alba ag ràdh ann am Meòrachan Poileasaidh a' Bhìle ⁵:

“ Chaidh àireamhan luchd-tadhail sìos, gu sònraichte daoine bho thall thairis, gu mòr mar thoradh air cuingeadan tron ghalar lèir-sgaoilte. Ach, tha deagh fhianais ann gu bheil piseach a' tighinn air àireamhan luchd-tadhail. An toiseach bha seo ag amas air luchd-tadhail dachaigheil, ach tha clàraidhean eadar-nàiseanta airson an ama ri teachd a' coimhead nas dòchasaiche”

Geàrr-chunntas air "deasbad nàiseanta" Riaghaltas na h-Alba air cìsean luchd- tadhail, ann an 2018 agus 2019

Chùm Riaghaltas na h-Alba dà eacarsaich co-chomhairle mus deach am Bile Cìs Luchd-tadhail a leasachadh: "deasbad nàiseanta" le riochdairean bho ghnìomhachas na turasachd agus ùghdarrasan ionadail ann an 2018 agus tràth ann an 2019, agus co-chomhairle phoblach nas fharsainge aig deireadh 2019 a thog air obair a rinneadh roimhe.

Bha an deasbad nàiseanta stèidhichte air ceithir ceistean farsaing:

- Dè na h-adhbharan a bhiodh ann airson cìs air luchd-tadhail sealach a thoirt a-steach?
- Cò ris a bhiodh cìs air luchd-tadhail sealach, air a deagh dhealbhadh agus air a deagh ruith, coltach?
- Dè na buaidhean matha is dona a dh'fhaodadh a bhith aig cìs air luchd-tadhail sealach?
- Ciamar a ghabhadh cìs air luchd-tadhail sealach a chleachdadh, agus ciamar a ghabhadh teachd-a-steach a sgaoileadh gu cothromach?

Chùm Riaghaltas na h-Alba sia tachartasan bùird chruinn air feadh na h-Alba, gach fear le Ministear bho Riaghaltas na h-Alba sa chathair. Fhuair iad cuideachd 135 freagairtean sgrìobhte bho dhaoine fa leth, riochdairean roinn na turasachd, buidhnean gnìomhachais agus ùghdarrasan ionadail. Chaidh aithisg de na còmhraidhean bùird chruinn fhoillseachadh sa Mhàrt 2019 ¹⁵, agus tha na leanas a' toirt geàrr-chunntas air cuid de na prìomh phuingeann a thogadh.

Beachdan bho roinn na turasachd a thogadh san "deasbad nàiseanta"

- Bha riochdairean solaraichean àite-fuirich buailteach a bhith gu mòr an aghaidh cìs luchd-turais.
- Bha dragh air riochdairean gnìomhachas na turasachd mun bhuidh a dh'fhaodadh cìsean a bharrachd a thoirt air suidheachadh farpaiseach na h-Alba.
- Bha cosgaisean obrachaidh na roinne air a dhol suas mar thoradh air àrdachadh ann an cosgaisean saothair agus cosgaisean cur-a-steach, leithid biadh, deoch agus lùth. Shaoil mòran san roinn cuideachd gu bheil na cìsean a th' ann mar-thà leithid Reataichean Neo-dhachaigheil agus VAT àrd an taca ri dùthchannan eile.
- Bidh an RA a' cur an reat àbhaistich aca de VAT (20 sa cheud) air àiteachan-fuirich. Tha an reat de VAT air àite-fuirich am measg an fheadhainn as àirde san AE, leis gu bheil a' mhòr-chuid de bhall-stàitean an AE a' cur an sàs reataichean eadar 5 sa cheud agus 10 sa cheud, le dìreach an Danmhairg a' cur reat nas àirde air àiteachan-fuirich (25 sa cheud).

- Thog riochdairean bhon ghnìomhachas draghan cuideachd gum faodadh cìsean aig ìre ùghdarrasan ionadail droch bheachd a thoirt do luchd-turais mun dùthaich air fad, le cunnart gum biodh cìsean ùra toirt air luchd-turais smaoinichadh nach robh fàilte orra ann an Alba.
- Thog cuid de riochdairean bhon ghnìomhachas cho cudromach 's a tha, nam beachd-san, cunbhalachd nàiseanta a thaobh: na seòrsaichean àiteachan-fuirich a tha fo chis; cò a bhiodh buailteach cìs a phàigheadh; reataichean agus bannan gan cleachdadh, agus cò a shuidhicheas iad; am bu chòir reataichean atharrachadh thar na bliadhna no a rèir ràithe; agus saoraidhean airson diofar sheòrsaichean àite-fuirich no diofar sheòrsaichean luchd-tadhail.
- Dh'fhaodadh toirt a-steach agus obrachadh cìs luchd-turais cosgaisean a bharrachd a chur air solaraichean àite-fuirich. Thuirt solaraichean àite-fuirich gum biodh e coltach gum feumadh iad na siostaman IT agus clàraidh aca atharrachadh, agus luchd-obrach a thrèanadh gus cumail ri cìs ùr. Chomharraich iad cuideachd gum faodadh cosgaisean leantainneach a bhith an lùib rianachd agus pàigheadh chìsean..
- Chomharraich solaraichean àite-fuirich cuideachd gum faodadh cosgaisean agus iom-fhillteachd a bhith nas àirde do sholaraichean àite-fuirich a bha ag obair thairis air grunn ùghdarrasan ionadail, nam biodh diofar shiostaman ag obair ann an sgìrean ùghdarras ionadail eadar-dhealaichte.
- Thog riochdairean agus luchd-freagairt gnìomhachas na turasachd cho feumail 's a bha sònrachadh mar a chosgadh teachd a-steach, le airgead ga thogail bho ghnòthachasan turasachd air a riarachadh gu soilleir gu feuman turasachd.
- Thog muinntir a' ghnìomhachais cho cudromach 's a tha follaiseachd a thaobh mar a thathar a' cleachdadh teachd-a-steach.

Beachdan ùghdarrasan ionadail a thogadh san “deasbad nàiseanta”

- Thog cuid de dh'ùghdarrasan ionadail na dùbhlain ionmhais a bha an lùib a bhith a' toirt taic do thasgadh turasachd, no a' toirt seachad bun-structair agus goireasan.
- Shaoil ùghdarrasan ionadail leithid Dhùn Èideann agus Obar Dheathain gum faodadh comas cìs luchd-turais a thogail a bhith cuideachail airson sruthan maoineachaidh seasmhach a ghineadh gus bun-structar no seirbheisean a sholarachadh a bheireadh taic do leasachadh turasachd.
- Chomharraich iad cuideachd an comas taic a thoirt do sholarachadh coitcheannas poblach anns na sgìrean aca a bhios luchd-turais agus luchd-còmhnaidh a' cleachdadh, leithid phàircean, slighean coiseachd agus àiteachan poblach, far an robh luchd-pàighidh chìsean ionadail gu tric a' giùlan cosgaisean solarachaidh.
- Anns an aon dòigh, bhruidhinn iad mu bhith a' toirt taic do sheirbheisean leithid glanadh shràidean anns na h-amannan luchd-turais as trainghe, far an robh luchd-pàighidh chìsean ionadail a' pàigheadh nan cosgaisean an-dràsta.
- Thuirt Comhairle Baile Dhùn Èideann gun robh fianais bhon t-suirbhidh aca air

nochdadh gun robh luchd-còmhnaidh ionadail airson cìs luchd-turais. Thuir iad gum faodadh cìs luchd-turais a bhith na dòigh chudromach air taic luchd-còmhnaidh fhaighinn airson leasachadh turasachd leantainneach ann an sgìrean far a bheil àireamh gu math àrd de luchd-turais.

- Cha robh a h-uile ùghdarras ionadail dealasach mu chis luchd-turais; bha grunn dhiubh fhathast gun bheachd a ghabhail, agus thog comhairlean leithid Crìochan na h-Alba draghan gum faodadh cìs bacadh a chur air an comas air roinn turasachd sheasmhach a leasachadh.
- Bha cuid de dh'ùghdarrasan ionadail a' toirt taic do fhrèam-obrach nàiseanta; ge-tà, b' fheàrr le cuid eile dòighean-obrach a dh'fhaodadh atharrachadh a rèir suidheachadh ionadail.
- Shaoil cuid de dh'ùghdarrasan ionadail gum bu chòir a' chis a chruinneachadh le solaraichean àite-fuirich, a dh'fheumadh: clàradh leis an ùghdarras ionadail iomchaidh; clàran a chumail (a' gabhail a-steach na seòmraichean a bha gan cleachdadh); agus airgead a chruinneachadh agus a phàigheadh don ùghdarras ionadail.
- Thuir feadhainn gum faodadh cosgaisean a bharrachd a bhith air ùghdarrasan ionadail bho bhith a' cruthachadh cìs ùr, ri linn riatanasan a bhith ga cruinneachadh, ga rianachd, ga sgrùdadh agus ga co-èigneachadh.
- Tha ùghdarrasan ionadail aig a bheil ùidh ann an cìs luchd-turais den bheachd gum biodh teachd-a-steach air a chuimseachadh air taic a thoirt do leasachadh turasachd agus tasgadh ann an tairgse turasachd sgìrean.
- Chuir ùghdarrasan eile cuideam air an fheum air sùbailteachd a thaobh mar a thathar a' cosg teachd-a-steach, gus dèanamh cinnteach gun robh caiteachas air a cho-thaobhadh ri feumalachdan ionadail agus a' freagairt air prìomhachasan ionadail.

Am Bile

Is e amas poileasaidh iomlan a' Bhile cumhachd roghainneil a thoirt do ùghdarrasan ionadail gus cìs a thoirt a-steach air còmhnaidh thar oidhche ann an àiteachan-fuirich anns an sgìre aca gu lèir, no pàirt dheth. Is e “reachdas comasachaidh” a th' anns a' Bhile – chan fheum ùghdarrasan ionadail cìsean luchd-tadhail a thoirt a-steach, ach ma chòrdhùineas iad sin, tha am Bile a' mìneachadh mar a bu chòir cìsean agus sgeamaichean co-cheangailte obrachadh.

Tha seachd pàirtean sa Bhile, le 75 earrannan agus chan eil sgeidealan ann:

- Pàirt 1: Cumhachd do ùghdarrasan ionadail cìs a chur an sàs agus tar-shealladh
- Pàirt 2: Prìomh bhun-bheachdan a' gabhail a-steach bunait agus àireamhachadh cìs agus saoraidhean agus lasachaidhean cìse
- Pàirt 3: Ro-ràdh agus rianachd na cìse a' gabhail a-steach pròiseas, ionmhas, agus coileanadh
- Pàirt 4: Teachd-a-steach agus pàigheadh
- Pàirt 5: Co-èigneachadh cìse agus peanasan
- Pàirt 6: Clàran de dhaoine buailteach agus roinneadh fiosrachaidh
- Pàirt 7: Ullachaidhean coitcheann a' gabhail a-steach mìneachadh, cumhachdan dèanamh riaghailtean, solaran faice, agus tòiseachadh.

Chan e mìneachadh loidhne-air-loidhne air an reachdas a th' anns na h-earrannan a leanas sa phàipear-ullachaidh seo – gheibhear sin ann an Nòtaichean Mineachaidh a' Bhile ²¹ agus am Meòrachan Poileasaidh ⁵ Is e a tha e a' dèanamh ach cuimseachadh air amasan gach pàirt den Bhile agus a' togail air cùisean a dh'fhaodadh a bhith inntinneach do na BPA againn agus iad a' sgrùdadh an reachdais thairis air na mìosan a tha romhainn.

Pàirtean 1 agus 2 – na bhios am Bile a' dèanamh

Tha Pàirt 1 a' leigeil le ùghdarrasan ionadail cìs a thoirt a-steach air ceannach àite-fuirich thar oidhche, le Pàirt 2 a' mìneachadh dè tha “àite-fuirich thar oidhche” a' ciallachadh:

“ seòmar no raon air a thoirt do neach-tadhail airson adhbharan còmhnaidh ann an no aig àite-fuirich seach an aon àite-còmhnaidh aig an neach-tadhail no an t-àite-còmhnaidh àbhaisteach aca.”

Buinidh a' chis don eileamaid còmhnaidh a-mhàin de dh'fhuireach thar oidhche. Cha bu chòir cosgais bracaist, dibhearsain, pàirceadh chàraichean, msaa a bhith air an toirt a-steach don chis. Tha suim na cìse an uair sin air obrachadh a-mach le bhith ag iomadachadh na suime a tha buailteach do chis le reat sa cheud, air a shuidheachadh leis an ùghdarras ionadail.

Ged as e an neach a tha a' ceannach an àite-fuirich thar oidhche a phàigheas a' chis a bharrachd, is e an “neach cunntachail” airson adhbharan an reachdais sealbhadair an àite-fuirich no neach-còmhnaidh an àite far a bheil an t-àite-fuirich ga sholarachadh ²¹ . Bidh

an neach-tadhail a' pàigheadh na cìse gu sealbhadair an àite-fuirich gu dìreach, no do threas-phàrtaidh leithid Booking.com no AirBnB, agus tha e an uair sin an urra ri sealbhadair a' ghnìomhachais dèanamh cinnteach gun tèid cìsean luchd-tadhail a ghluasad chun ùghdarras ionadail aca. Is coltach gun tèid an t-airgead seo a phàigheadh gach ràithe (mura tagh an t-ùghdarras ionadail rèiteachadh eile).

Mar chis air ceannach, tha cìs neach-tadhail coltach ri VAT (a tha mar-thà a' buntainn ri ceannach àite-fuirich thar oidhche). Bidh a' chis na ceudad de luach a' cheannaich agus, mar VAT, thèid a chruinneachadh às leth an ùghdarras chisean leis a' ghnìomhachas a tha a' reic. Bidh daoine a bhios a' ceannach àite-fuirich thar oidhche ann an sgìre cìs luchd-tadhail fhathast a' pàigheadh VAT (20% an-dràsta ma tha an solaraidhe ag obair os cionn [na h-ìre VAT](#)) cho math ris an reat a shuidhicheas an t-ùghdarras ionadail airson cìs luchd-tadhail. Gheibhear cunntas air an eadar-obrachadh eadar cìs luchd-tadhail agus VAT sa bhogsa gu h-ìosal.

Carson reat sa cheud seach reat suidhichte?

Bidh mòran dhaoine a bhios a' siubhal thall-thairis eòlach air raon de chisean luchd-turais a tha ag obair air feadh na Roinn Eòrpa. Mar a tha am BRIA a' mìneachadh, bidh cuid de dh'àiteachan ag iarraidh reat suidhichte (can 2 no 3 Euro gach oidhche) agus bidh reat sa cheud aig cuid eile. Thagh Riaghaltas na h-Alba an dàrna roghainn air na h-adhbharan a leanas:

- Bidh an ìre de chis luchd-tadhail a thèid a phàigheadh a rèir cosgais àite-fuirich agus mar sin a rèir na tha neach-tadhail deònach a chosg air àite-fuirich.
- Cha chumadh reat suidhichte ri reat na h-atmhorachd gu fèin-obrachail.
- Tha reat sa cheud practaigeach a rianachd.
- B' fheàrr le àireamh beagan na b' àirde den luchd-fhreagairt an roghainn seo anns a' cho-chomhairle phoblaich.

Dè an reat/na reataichean a dh'fhaodte a shònrachadh?

Chan eil am Bile a' cuingealachadh dè an reat a dh'fhaodas ùghdarrasan ionadail a shònrachadh. Tha am modaileadh a thathar a' cleachdadh anns a' Mheasadh Buaidh air Gnìomhachas is Riaghladh (BRIA) a' cleachdadh raon de reataichean bho 1% gu 7%, a' nochdadh nan reataichean eadar-dhealaichte a thathar a' cleachdadh thar diofar àiteachan sa roinn Eòrpa ⁷.

Tha Caidreachas Turasachd na h-Alba air iarraidh gun tèid ìre as àirde nàiseanta a shònrachadh ²². Gu dearbha, tha an leas-phàipear ri BRIA a' Bhile a' toirt cunntas air mar a tha reachdas nàiseanta san Fhraing [a' suidheachadh reat as ìsle agus as àirde](#) airson gach seòrsa àite-fuirich a tha buailteach don 'taxe de séjour' agus cuideachd a' sealltainn eisimpleirean na Pòlainn agus Bulgàiria a shuidhich reataichean as àirde nàiseanta ⁷.

Chan eil Comhairle Baile Dhùn Èideann a' toirt taic do ìre as àirde ga suidheachadh gu nàiseanta, ag argamaid gu bheil ìre as àirde no reat sa cheud nàiseanta, "a' dol an-aghaidh rùn tùsail an reachdais; cumhachdan fiosgail a bhuileachadh gus deamocrasaidh ionadail a leasachadh" ²³.

Tha cothrom anns a' Bhile airson ùghdarras ionadail a bhith a' suidheachadh reataichean eadar-dhealaichte a thaobh thachartasan sònraichte, "leithid fèisean ealain no co-labhairtean sònraichte" ²¹ .Dh'fhaodadh an leithid de shùbailteachd cuideachd reataichean eadar-dhealaichte a dhèanamh comasach aig diofar amannan den bhliadhna, mar eisimpleir aig an t-seusan as trainge agus an seusan as sàmhhaiche. .

VAT issues

Tha roinn na turasachd air comharrachadh gu bheil luchd-turais a' pàigheadh 20% VAT nuair a dh'fhuiricheas iad anns a' mhòr-chuid de dh'àiteachan-fuirich thar oidhche san RA. A rèir an leas-phàipeir ri BRIA a' Bhile, tha seo nas àirde na a' mhòr-chuid de dhùthchannan Eòrpach (faic Clàr B2, td. 17 gu 22). Tha Caidreachas Turasachd na h-Alba den bheachd, mar sin, gu bheil luchd-turais a tha a' tighinn don RA mar-thà fo chìsean àrda:

"Ged a tha cìs luchd-turais aig grunn dhùthchannan mar-thà, an taca riutha chan eil Alba agus an RA mar-thà cho farpaiseach a thaobh cheumnanan fiosgail eile. Nuair a bhios luchd-turais a' tadhal air na h-àiteachan eile sin, faodaidh iad barrachd a chosg agus fuireach nas fhaide oir chan eil uiread de chìsean orra uile gu lèir." ²⁴

Rè an t-seisean fianais san Ògmhios, dh'fhaighnich Buill den Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhaidh do Sgioba Bile Riaghaltas na h-Alba mu dheidhinn seo. Fhreagair iad:

"Tha e fìor gu bheil an reat VAT de 20 sa cheud ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte am measg an fheadhainn as àirde san Roinn Eòrpa, ach chan eil an sin ach aon chis de ghrunn chìsean a phàigheas an gnìomhachas. Comharraichidh mi, ann an dùthchannan coimeasach, gu bheil an ìre far a bheillear a' tòiseachadh air VAT a phàigheadh mòran nas ìsle. Anns an Spàinn, mar eisimpleir, chan eil ìre clàraidh ann, agus pàighidh eadhon na gnìomhachasan as lugha VAT, agus chan eil sin fìor an seo. Mar sin tha e glè dhoirbh coimeas den t-seòrsa sin a dhèanamh." ⁴

Mar a chaidh a ràdh na bu thràithe, tha timcheall air 2,000 gu 3,000 gnìomhachasan nas lugha nach fheum clàradh airson VAT, timcheall air trian gu dàrna leth de sholaraichean àite-fuirich na h-Alba air fad.

Sgrìobh Riaghaltas na h-Alba chun na Comataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhaidh air 1 Sultain 2023 a' dearbhadh gum bi a' Chis Luchd-tadhail buailteach do VAT ²⁵. Mar sin, bheireadh seòmar a chosgadh £100 san oidhche le Cìs Luchd-tadhail de 5% suim iomlan a bhiodh buailteach do VAT de £105 seach £100. Tha Meòrachan Ionmhais a' Bhile a' mìneachadh carson a dh'fhaodadh seo a bhith na dhuilgheadas:

"Thathas mothachail nam biodh cìs luchd-tadhail air a meas buailteach do VAT, gun àrdaicheadh seo prìs iomlan an àite-fuirich agus dh'fhaodadh e cosgaisean a bharrachd a chur air luchd-solair àiteachan-fuirich. Dh'fhaodadh buaidh ionmhasail a bharrachd a bhith aig VAT air solaraichean àiteachan-fuirich a tha ag obair dìreach fo na h-ìrean airson clàradh VAT no an sgeama reat suidhichte de VAT." ²⁶

Tha BRIA Riaghaltas na h-Alba ag aideachadh gum faodadh cuid de sholaraichean beaga a bhith ag obair faisg air no aig an ìre de £85,000. Mar sin:

"Ma chuireas cìs luchd-tadhail ri prìs reic àite-fuirich dh'fhaodadh sin ciallachadh gum feumadh cuid de ghnìomhachasan clàradh airson VAT no rudeigin a

dhèanamh gus an tionndadh aca a lùghdachadh airson fuireach nas ìsle na an ìre de £85,000. Le bhith a' clàradh airson VAT thigeadh àrdachadh ann am buailteachd do chisean agus cosgaisean gèillidh a bharrachd airson leithid de ghnìomhachas, agus bheireadh lùghdachadh air an tionndadh aca buaidh air solar àiteachan-fuirich.”¹

Aig foillseachadh Bile Cìs Luchd-tadhail (Alba) air 25 Cèitean, sgrìobh Ministear Saidhbheas Coimhearsnachd agus Ionmhas Poblach aig Riaghaltas na h-Alba gu Àrd-Rùnaire Roinn an Ionmhais, a' faighneachd am biodh VAT a' buntainn ri cìs luchd-tadhail. A rèir litir a' Mhinisteir chun na Comataidh²⁵, fhreagair Rùnaire Ionmhais do Roinn an Ionmhais, Victoria Atkins BP, leis na puingeann a leanas:

- S e bun-phrionnsabal de lagh VAT gu bheil a' togail VAT air a' phrìs a thathar a' pàigheadh air solarachadh bathair no sheirbheisean a tha buailteach do chis, a' gabhail a-steach cìsean agus cosgaisean eile.
- ma chuireas solaraiche àite-fuirich suim a tha co-ionann ri cìs luchd-tadhail anns a' chosgais airson àite-fuirich thar oidhche, bidh seo na phàirt de na thèid a phàigheadh fo chùmhnannt airson solar àite-fuirich.
- Mar sin bidh an aon bhuailteachd VAT air a' chuibhreann seo 's a tha air an àite-fuirich.

Dè an seòrsa àite-fuirich a tha air a ghabhail a-steach agus dè nach eil?

Tha liosta ann am Pàirt 2 de na seòrsaichean àite-fuirich a bhios buailteach do Chìs Luchd-tadhail. Is iad sin:

- taighean-òsta
- ostailean
- taighean-aogheachd
- àiteachan leabaidh is bracaist
- àiteachan-fuirich fèin-fhrithéalaidh
- làraichean-campachaidh
- pàircean carabhan
- acarsaid no calaidhean bhàtaichean
- àite-còmhnaidh ann an carbad, no air bòrd soithich, a tha san aon àite an-còmhnaidh no a' mhòr-chuid den tìde
- àite sam bith eile far a bheil an neach-còmhnaidh a' tabhann seòmar no àite airson

còmhnaidh nach e an aon àite-còmhnaidh no an t-àite-còmhnaidh àbhaisteach aig neach-tadhail.

Tha Meòrachan Poileasaidh a' Bhìle (MP) ag ràdh nach eil an “liosta iomlan”, leis an rùn gum bi togalach sam bith a thathar a' tabhann airson adhbharan còmhnaidh, ach a-mhàin àite-còmhnaidh àbhaisteach cuideigin, buailteach airson na cise. A' toirt iomradh air na beachdan a chaidh a nochdadh tron deasbad nàiseanta, tha am MP a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach gum bi “cothrom na Fèinne aig a h-uile seòrsa àite-fuirich” agus gur e sin an t-adhbhar a chaidh an liosta a thoirt a-steach don Bhìle. Faodaidh Riaghaltas na h-Alba co-dhùnadh seòrsaichean àite-fuirich a chur ris, no gu dearbh a thoirt air falbh, nas fhaide air adhart tro bhith a' cleachdadh [riaghailtean dearbhach](#).

Leis nach eil iad air an liosta gu h-àrd chithear nach eil soithichean turais buailteach don chis, le Pàirt 2, Earrann 3 a' saoradh “àite-fuirich ann an carbad, no air bòrd soithich, a tha air turas anns a bheil aon stad thar oidhche no barrachd”. Tha na Notaichean Mìneachaidh ag ràdh:

“ bidh seo a' ciallachadh, mar eisimpleir, nach bi solar caban air bàta-aiseig no trèana-cadail, no fastadh bhan-campachaidh buailteach don chis. Ach, bhiodh a' chis ri phàigheadh air pàirceadh oidhche do bhan-campachaidh aig làrach campachaidh, no air bàta a' fuireach thar oidhche aig acarsaid.”

Le soithichean-turais nam prìomh phàirt den eaconamaidh luchd-tadhail ann an cuid de dh'àiteachan na h-Alba²⁷, rinn a' Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais is Dealbhaidh sgrùdadh air na h-adhbharan airson an saoradh san Ògmhios⁴. Mhìnich Sgioba Bile Cìs Luchd-tadhail Riaghaltas na h-Alba an dòigh-smaoineachaidh

“ 'S e rud gu math eadar-dhealaichte a th' ann an soitheach-turais bho thaigh-òsta a tha stèidhichte ann an aon sgìre ùghdarras ionadail agus far am bi daoine a' gleidheadh àite-fuirich tron oidhche. Gu follaiseach, tha soithichean-turais gluasadach agus a' dol gu grunn àiteachan. Bidh daoine air soithichean-turais a' fuireach air an t-soitheach ach bidh iad cuideachd a' pàigheadh airson dol gu diofar àiteachan agus tadhal air diofar àiteachan. Tha an tachartas a tha buailteach do chis gu math eadar-dhealaichte. Bhiodh na cumhachdan agus na h-ullachaidhean a dh'fheumte airson soithichean-turais gu math eadar-dhealaichte bhon fheadhainn sa bhìle”

Air duilleagan 14 agus 15 den Mheasadh Buaidh air Gnìomhachas is Riaghladh (BRIA), tha Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh ann an dòigh nas mionaidiche na h-adhbharan a th' aca nach eil iad a' toirt a-steach soithichean-turais¹.

Tha Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach (ICIA) den Bhìle a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba a' dearbhadh gu bheil “turasachd shoithichean-turais ann an Alba cuingealaichte a thaobh cruinn-eòlas agus air leth cudromach do iomadh coimhearsnachd eileanach”². Chuala Buill den Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhachaidh barrachd mun seo air an turas aca a dh'Arcaibh san Ògmhios. Tha an ICIA ag innse dhuinn gun robh, ann an 2019, “a' Ghàidhealtachd is na h-Eileanan a' dèanamh suas faisg air trì cairteal de thadhalan shoithichean-turais na h-Alba, agus 61% de luchd-siubhail shoithichean-turais, gu ìre mhòr ann an Kirkwall, Lerwick agus Inbhir Ghòrdain”.

Tha am Meòrachan Poileasaidh a tha an cois a' Bhìle ag ràdh gu bheil Riaghaltas na h-Alba gu bhith a' beachdachadh air cìs fa leth shoithichean-turais “mar phàirt den phròiseas

ùr airson beachdachadh agus measadh chìsean ionadail ùra a tha air an gabhail a-steach san fhrèam-obrach fhiosgail a thathar a' moladh airson riaghaltas ionadail" ⁵ .

A bharrachd air soithichean-turais agus ceabain-trèana/aiseig, tha Pàirt 2 gu sònraichte a' saoradh làraich ùghdarrasan ionadail do Shiopsaich/Luchd-siubhail. Tha Meòrachan Poileasaidh a' Bhile a' mìneachadh:

“ Tha seo a' nochdadh gur ann air làraich den leithid a bhios Siopsaich/Luchd-siubhail a' fuireach, airson co-dhiù pàirt den bhliadhna, no gum bi iad a' tadhal air mar phàirt den chultar agus traidiseanan aca, agus tha e cudromach an taobh sònraichte seo de aon de mhion-choimhearsnachdan cudromach na h-Alba a dhìon.. ⁵ ”

Cothrom airson saoraidhean ionadail bho chis

Tha am Bile a' ceadachadh do chomhairlean na saoraidhean ionadail aca fhèin a dhèanamh (faicibh Earrann 13, 1(g)) leis a' Mheòrachan Poileasaidh a' mìneachadh “gum bi iad sin fiosraichte le stiùireadh nàiseanta, a thèid a leasachadh le riaghaltas ionadail agus buidhnean gnìomhachais” ⁵ . Mar sin faodaidh saoraidhean a bhith eadar-dhealaichte eadar ùghdarrasan ionadail; ge-tà, tha am Bile a' toirt cumhachd do Mhinistearan na h-Alba saoraidhean a dhèanamh le riaghailtean “ma tha feum air saoraidhean aig ìre nàiseanta” ⁵ . Chaidh bruidhinn air saoradh nàiseanta do euslaintich agus teaghlachan a tha a' siubhal airson cùram-leighis san t-seisean fianais le Sgioba Bile Riaghaltas na h-Alba san Ògmhios. Fhreagair oifigich an Riaghaltais:

“ Do chuid de dh'ùghdarrasan ionadail, dh'fhaodte beachdachadh air siubhal airson cùram leigheis a thoirt a-steach. Dha feadhainn eile, chan fheumar beachdachadh air sin. Cho-dhùin ministearan gun robh e na b' fheàrr gun sin a chur sa bhile ach a thogail ann an stiùireadh, le cùl-taic de riaghailtean a thoirt a-steach ma tha sin riatanach, a rèir mar a thachras leis an stiùireadh, agus cò ris a bhios cleachdadh coltach ann an diofar ùghdarrasan ionadail. ⁴ ”

Saoraidhean bho chis ann an àiteachan eile air feadh na Roinn Eòrpa

Tha fiosrachadh san Leas-phàipear ri BRIA a' Bhile mu shaoraidhean thar nan diofar àiteachan Eòrpach le cìsean luchd-turais. Tha iad seo a' gabhail a-steach reataichean nas ìsle do bhuidhnean sònraichte de luchd-tadhail no seòrsaichean àite-fuirich, leithid luchd-siubhail gnìomhachais, luchd-còmhnaidh ionadail, clann fo aois shònraichte, àiteachan-fuirich a tha mar phàirt de thuras foghlaim, luchd-obrach sealach a' fuireach ann an àiteachan-fuirich airson ùine ghoirid agus daoine le ciorraman no a' siubhal airson adhbharan meidigeach còmhla ris an luchd-cùraim aca. Tha am BRIA a' co-dhùnadh “gu bheil saoraidhean obrachaidh a' dèanamh nan cìsean nas toinnte, gun teagamh, ach dh'fhaodte am faicinn mar dhòigh-obrach nas cothromaiche ann an suidheachaidhean sònraichte” ⁷ .

Tha “taxe de séjour” baile Nice a' toirt a-steach saoradh airson clann fo aois 18, daoine air cùmhnant cosnadh ràitheil a tha air am fastadh sa bhaile agus daoine ann an àite-fuirich èiginneach no daoine a tha air an gluasad bhon dachaigh airson ùine. Tha Cìs Baile Bherlin a' toirt a-steach saoradh airson turasan sgoile agus daoine a tha a' fuireach anns a' bhaile air adhbharan gnìomhachais. Tha a' chis turasachd nàiseanta na Grèige a' saoradh ostailean òigridh, agus tha cuid de dh'àiteachan san Ungair a' saoradh dhaoine fo

aois 18 agus nas sine na 70. Tha a' chis baile ann an Lisbon, Portagail, a' toirt a-steach saoraidhean dhaibhsan a tha a' siubhal airson adhbharan meidigeach agus tha na h-Eileanan Balearic a' toirt a-steach saoraidhean airson clann fo aois 16.

Pàirt 3 – na bhios am Bile a' dèanamh

Ma cho-dhùineas ùghdarrasan ionadail cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach feumaidh iad sin a dhèanamh mar phàirt de sgeama cìs luchd-tadhail. Tha Pàirt 3 a' mìneachadh dè bu chòir a bhith anns na sgeamaichean sin, agus mar a thèid an leasachadh agus an obrachadh. Faodaidh barrachd air aon sgeama a bhith aig ùghdarras ionadail airson diofar àiteachan no diofar adhbharan. Faodaidh iad eadhon sgeama cìs luchd-tadhail a leasachadh agus a thoirt a-steach le ùghdarras(an) ionadail eile.

Gu deatamach, tha am Bile ag ràdh gum bu chòir teachd-a-steach sam bith a thèid a thogail, lom de chosgaisean rianachd, a chleachdadh gus taic a thoirt do amasan co-cheangailte ri "leasachadh, taic no cumail suas goireasan no seirbheisean a tha gu mòr airson no air an cleachdadh le daoine a tha a' tadhal air an raon sgeama airson adhbharan cur-seachad". Tha e sònraichte gu bheil am Bile ag ainmeachadh sheirbheisean a bhios luchd-turais cur-seachad a-mhàin a' cleachdadh, leis gu bheil luchd-tadhail thar oidhche *uile* buailteach don chis, a' gabhail a-steach luchd-tadhail gnìomhachais.

Tha Nòtaichean Mineachaidh a' Bhile a' tabhann eisimpleirean air mar a ghabhadh an t-airgead a thig bhon chis a chosg, leithid togail ionad luchd-tadhail agus leasachadh air ceanglaichean còmhdaidh gu àite a tha tairraingeach do luchd-tadhail don sgìre ²¹. Ach, bidh e an urra ris an ùghdarras ionadail, ann an co-chomhairle le luchd-ùidhe ionadail, co-dhùnadh ciamar a thèid teachd-a-steach a chosg gus taic a thoirt do na h-amasan sa Bhile (le aithris bhliadhnaile às dèidh sin agus ath-bhreithneachadh gach trì bliadhna a' toirt seachad cothroman sgrùdaidh). Tha am Meòrachan Poileasaidh a' toirt fa-near

“dh'fhaodadh goireasan agus seirbheisean a bhios luchd-còmhnaidh a' cleachdadh a bharrachd air luchd-tadhail maoinachadh fhaighinn bho chis luchd-tadhail, a rèir measadh an ùghdarras ionadail a bheil an goireas no an t-seirbheis air a cleachdadh gu mòr le luchd-tadhail ⁵ .”

Le bhith ag iarraidh gun tèid sònrachadh ciamar bu chòir airgead a chosg, tha am Bile a' cuingealachadh na dh'fhaodas ùghdarrasan ionadail dèanamh leis an airgead a thogas iad bho Chis Luchd-tadhail - chan urrainnear dìreach a chur ri maoinachadh coitcheann. Tha seo air a bhith na iartras aig gnìomhachas na turasachd bhon Deasbad Nàiseanta ann an 2018, leis an STA ag iarraidh na bu thràithe am-bliadhna gum feum am Bile "a ràdh gu soilleir gun tèid an teachd-a-steach a thig bhon chis ath-thasgadh ann am prìomhachasan turasachd" ²². Rinn Comann Ionadan Luchd-tadhail na h-Alba iartras den aon sheòrsa sa Chèitean, ag ràdh gum bu chòir airgead na Cìse a chleachdadh gus dèiligeadh ri "fo-mhaoineachadh leantainneach ann an goireasan agus bun-structair turasachd aig ìre ùghdarrasan ionadail" ²⁸.

Tha mòran eisimpleirean air feadh na Roinn Eòrpa den leithid de shònrachadh a thaobh airgead cìsean luchd-turais. Tha an leas-phàipear ri BRIA a' Bhile ⁷ a' toirt cunntas air sgeamaichean ionann ann an Catalonia, Slobhinia, Lituàinia, Croatia, Hamburg agus an Fhraing. Ach, tha àiteachan eile ann, leithid Berlin agus Amsterdam, far a bheil a h-uile coltas gu bheil airgead cìs luchd-turais ga chur ris a' bhuidseat choitcheann agus nach eil

e air a shònrachadh.

Sgeama Cìs Luchd-tadhail - dè na riatanasan a th' ann?

Feumaidh ùghdarras ionadail co-chomhairle a chumail mus toir iad a-steach sgeama ùr no ma cho-dhùineas iad fear a th' ann mar-thà atharrachadh. Bu chòir na daoine ris an dèanar co-chomhairle a bhith a' toirt a-steach feadhainn a tha an t-ùghdarras ionadail a' meas a tha “a' riochdachadh choimhearsnachdan, gnìomhachasan a tha an sàs ann an turasachd agus buidhnean turasachd san sgìre” agus “daoine eile a tha an t-ùghdarras a' meas a dh'fhaodadh tighinn fo bhuaidh a' mholaidh” (a rèir coltais dh'fhaodadh sin a bhith a' gabhail a-steach luchd-tadhail fhèin).

Feumaidh an t-ùghdarras ionadail geàrr-chunntas den sgeama air a bheilear a' dèanamh co-chomhairle ullachadh agus fhoillseachadh. Bu chòir aithris a bhith anns an sgeama a thathar a' moladh mu amasan a' mholaidh agus measadh air buaidh a' mholaidh. Chan eil Earrann 12, a tha a' mìneachadh riatanasan airson na h-ìre co-chomhairle, a' sònrachadh nan nithean fa leth air am feum ùghdarras ionadail co-chomhairle a chumail. Tha e coltach gun toir stiùireadh nàiseanta nas fhaide air adhart comhairle do ùghdarrasan ionadail air mar a bu chòir co-chomhairle air sgeama cìs luchd-tadhail a dhèanamh agus dè bu chòir a bhith na lùib.

Às dèidh co-chomhairle, feumaidh an t-ùghdarras ionadail geàrr-chunntas a dhèanamh air na freagairtean a fhuairleadh agus innse a bheil iad airson dol air adhart leis a' mholadh no nach eil. Ma roghnaicheas an t-ùghdarras ionadail dol air adhart, feumaidh iad an uair sin an sgeama fhèin fhoillseachadh. Bu chòir fiosrachadh mu na leanas a bhith anns gach sgeama:

- An raon san obraich an sgeama.
- Cuin a thòisicheas an sgeama agus dè cho fada 's a bhios e ag obair.
- Dè an reat a bhios ann mar cheudad de chosgaisean àite-fuirich thar oidhche.
- Ullachaidhean airson ath-sgrùdadh air co-dhùnaidhean co-cheangailte ris an sgeama.
- Fiosrachadh mu shaoraidhean no lasachaidhean sam bith
- Fiosrachadh mun dòigh a cho-dhùineas an t-ùghdarras ionadail air airgead a thèid a thogail a chleachdadh.

Tha fo-earrann 2 de earrann 13 ag ràdh nach urrainn sgeama cìs luchd-tadhail sam bith a thighinn an gnìomh ro 18 mìosan aig a' char as lugha às dèidh don ùghdarras ionadail innse gu bheil iad am beachd fear a thoirt a-steach. Anns a' Mheasadh Buaidh air Gnìomhachas is Riaghladh aca ¹, tha Riaghaltas na h-Alba a' mìneachadh carson:

“ Tha sinn air cluinntinn bho luchd-ùidhe, air sgàth cho iom-fhillte 's a tha slighean gu margaid sa gnìomhachas (leithid cleachdadh riochdairean siubhail air-loidhne agus treas pàrtaidhean eile), gum faodadh e a bhith duilich dèanamh cinnteach gu bheil prìsean a' gabhail a-steach cìs luchd-tadhail follaiseach air a h-uile ùrlar. Gus an cunnart seo a lùghdachadh, tha am bile a' mìneachadh ùine 18 mìosan anns an urrainn do sholaraidhean àite-fuirich dèanamh cinnteach gu bheil iad làn ullamh airson cumail ri riatanasan sgeama cìs luchd-tadhail, a' gabhail a-steach gu bheil sanasan phrìsean uile a' nochdadh na cìse luchd-tadhail.”

Nuair a tha iad air co-dhùnadh sgeama cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach, feumaidh an t-ùghdarras ionadail fios a chur gu Riaghaltas na h-Alba agus cuideachd an co-dhùnadh aca fhoillseachadh gus am bi fios aig “a h-uile duine aig a bheil ùidh ann an sgeama den leithid mus tig sgeama gu bith”²¹. Chan eil am Bile ag ràdh *ciamar* a bu chòir do ùghdarrasan ionadail seo a dhèanamh, ach tha ullachadh ann far am faod Riaghaltas na h-Alba riatanasan a chruthachadh tro riaghailtean san àm ri teachd.

Feumaidh ùghdarrasan ionadail aithris gach bliadhna air sgeama sam bith a thèid a thoirt a-steach, le fiosrachadh air fhoillseachadh mun t-suim airgid a chaidh a thogail, mar a chaidh airgead a chosg agus adhartas a dh'ionnsaigh amasan an sgeama. A bharrachd air sin, bu chòir ath-sgrùdaidhean a dhèanamh air sgeamaichean a h-uile trì bliadhna.

Mar a bu chòir do ùghdarrasan ionadail dèiligeadh ri teachd a-steach Cìs Luchd-tadhail

Mar a chaidh a ràdh roimhe, cha bu chòir airgead bho chis luchd-tadhail a chleachdadh ach airson taic a thoirt do amasan sgeama na cìse luchd-tadhail, agus bu chòir sin a bhith: “...airson leasachadh, cumail taic ri, agus cumail suas ghoireasan agus seirbheisean a tha gu mòr airson, no air an cleachdadh le, daoine a' tadhal air sgìre an sgeama airson adhbharan cur-seachad.”

Mar sin tha an t-airgead air a chumail air leth agus cha bu chòir a ghluasad gu maoineachaidh coitcheann ùghdarras ionadail. Tha am Bile a' toirt air ùghdarrasan ionadail cunntas fa-leth a chumail airson sgeama cìs luchd-tadhail sam bith, “a' cur an airgid ann a gheibhear fon sgeama, agus a' tarraing airgead bhon chunntas airson cosgaisean obrachaidh an sgeama”⁵.

Tha am Bile a' bruidhinn air cleachdadh “prothaid lom an sgeama”. Tha seo a' ciallachadh na tha air fhàgail de dh'airgead às dèidh cosgaisean do chomhairlean a phàigheadh airson sgeama obrachadh. Tha am Meòrachan Ionmhais (MI) a' toirt seachad tuairmsean air na chosgadh e do ùghdarrasan ionadail cìs a rianachd, stèidhichte air figearan a thug ùghdarrasan ionadail seachad. Le cosgaisean tòiseachaidh timcheall air £100,000 - £460,000 gach ùghdarras ionadail, tha am MI a' meas cosgaisean obrachaidh leantainneach eadar £190,000 agus £500,000 sa bhliadhna. Tha seo stèidhichte air triùir no còignear luchd-obrach co-ionann ri làn-ùine agus diofar chosgaisean neo-luchd-obrach. Tha e soilleir, airson ùghdarras ionadail sam bith a' beachdachadh air cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach, gum feumadh an t-suim a thèid a thogail a bhith nas motha na na cosgaisean gu lèir a bhiodh buailteach a bhith na lùib.

Pàirt 4 – na bhios am Bile a' dèanamh

Tha Pàirt 4 den Bhile co-cheangailte ri tillidhean agus pàighidhean, le airgead a thèid a thogail tro chis ga chur air ais chun ùghdarras ionadail gu cunbhalach. Tha am Bile ag iarraidh air an “neach cunntachail” – i.e. solaraichean àite-fuirich ann an sgìre sgeama cìs luchd-tadhail – pàighidhean a dhèanamh don ùghdarras ionadail gach ràithe, agus tha am Bile a' leigeil le ùghdarras ionadail cruth agus subsaint nan tillidhean sin a dhearbhadh. A rèir a' Mheòrachain Poileasaidh:

“ A thaobh cìs luchd-tadhail a chur a-steach gach ràithe feumar cothromachadh ceart a dhèanamh eadar pàighidhean a' dol a-steach ann an deagh àm às dèidh an tachartais a tha buailteach do chìs (ceannach àite-fuirich thar oidhche), gun a bhith a' cur eallach rianachd ro àrd air solaraiche àite-fuirich.”

Tha e mar dhleastanas cuideachd air solaraichean àite-fuirich clàran iomchaidh a chumail agus a ghleidheadh airson còig bliadhna (no ùine sam bith air a sònrachadh le ùghdarras ionadail), a' toirt a-steach “fiosrachadh mu ghnothaichean cosgais sam bith a rinn an neach cunntachail agus clàran pàighidh sam bith co-cheangailte riutha, cuidhtean agus rèiteachaidhean ionmhais”²¹ Tha earrann 21 a' toirt comas do ùghdarras ionadail ullachadh a dhèanamh airson treas-pàrtaidh a bhith a' làimhseachadh cruinneachadh is co-èigneachadh na cise, coltach ris a' chìs chomhairle agus Reataichean Neo-dhachaigheil an-dràsta.

Pàirt 5 – na bhios am Bile a' dèanamh

A rèir a' Mheòrachain Poileasaidh, tha am Bile ag amas air “siostam làidir” a chruthachadh gus leigeil le ùghdarrasan ionadail gèilleadh a sgrùdadh agus a cho-èigneachadh. Tha Pàirt 5 – 16 duilleagan a-mach à 30 duilleagan a' Bhile – a' toirt seachad mòran fiosrachaidh mu chumhachdan a thoirt do ùghdarrasan ionadail gus fiosrachadh a chruinneachadh, àiteachan gnìomhachais a sgrùdadh, peanasan a chur air gnìomhachasan, agus suimean gun phàigheadh fhaighinn air ais. Às dèidh na h-uile, is e cìs a tha seo; chan e tabhartas saor-thoileach, agus airson cìs a bhith èifeachdach feumaidh ceumannan a bhith ann gus casg a chur air seachnadh.

Is e an rùn poileasaidh iomlan ann am Pàirt 5, a rèir a' Mheòrachain Poileasaidh, cumhachdan a thoirt do ùghdarrasan ionadail ionann ris an fheadhainn a th' aca mar-thà a thaobh co-èigneachadh na cìse comhairle agus reataichean neo-dhachaigheil:

“ Mar sin tha an rèim co-èigneachaidh sa Bhile a' nochdadh nan cumhachdan a thathas a' cleachdadh a thaobh nan cìsean sin [cìs chomhairle agus reataichean neo-dhachaigheil], a' gabhail a-steach an rèim peanaidh a tha co-chòrdail ris an dòigh-obrach a thaobh nan cìsean sin agus a bheir comas do ùghdarrasan ionadail dèiligeadh ri neo-ghèilleadh, seach a bhith feumach air a' phoileas a thoirt an lùib chùisean.”

A rèir a' Mheòrachain Poileasaidh, bidh ùghdarrasan ionadail a bheir a-steach cìs luchd-tadhail eòlach air ceumannan co-èigneachaidh agus peanasan ann am Pàirt 5 den Bhile.

Tha cothrom anns a' Bhile do ùghdarrasan ionadail fiachan cìs luchd-tadhail a dhubhadh às ma tha “leisgeul reusanta” aig neach cunntachail (i.e. solaraiche àite-fuirich). Tha eisimpleirean de leisgeul reusanta a' toirt a-steach droch thinneas ris nach robh dùil, trioblaidean ann an siostam IT treas-pàrtaidh ris nach robh dùil (a' ciallachadh nach b' urrainnear airgead a chur air ais), no oifis an neach cunntachail air a sgrios le teine⁵.

Peanasan agus faighinn air ais suimean gun phàigheadh

Tha cleachdadh pheanasan airson pàigheadh fadalach no neo-phàigheadh, a rèir a' Mheòrachain Poileasaidh, “na chleachdadh àbhaisteach thar uachdranasan eile a tha ag obrachadh cìs luchd-tadhail no cìsean co-ionann san Roinn Eòrpa agus ann an àiteachan

eile”. Dh’aithris oifigearan anns na h-àiteachan sin ìre àrd de ghèilleadh anns na sgìrean aca le beagan pheanasan air an toirt seachad an taca ris an àireimh de luchd-pàighidh chìsean³. Tha Pàirt 5 den Bhile a’ mìneachadh ìrean agus adhbharan airson pheanasan, le càin tùsail de £100 ga toirt seachad nuair nach dèanar tilleadh. Bidh peanasan a bharrachd ann ma leanas fàilligeadh pàighidh airson trì mìosan, sia mìosan no 12 mìosan.

Faodar riaghailtean a dhèanamh san àm ri teachd gus suimean a’ pheanais atharrachadh agus na modhan airson peanasan a thoirt a-mach agus a cho-èigheachadh.

Tha cothrom anns a’ Bhile do ùghdarrasan ionadail fiachan is peanasan cìs luchd-tadhail a dhubhadh às ma tha “leisgeul reusanta” aig neach cunntachail (i.e. solaraiche àite-fuirich) (faicibh gu h-àrd). Ach, ma tha an t-ùghdarras ionadail airson suimean gun phàigheadh a leantainn, tha am Bile a’ toirt roghainn dhaibh tagradh a dhèanamh chun t-siorraim airson grad-bharantas. A-rithist, seo dòigh-obrach air am bi ùghdarrasan ionadail eòlach a thaobh na cìse comhairle.

Ath-thagraidhean

Bheir Earrannan 67 agus 68 comas do “dhaoine cunntachail” tagradh an aghaidh raon de cho-dhùnaidhean a nì ùghdarrasan ionadail a thaobh sgeama cìs luchd-tadhail. Tha am Meòrachan Poileasaidh ag ràdh gur e rùn poileasaidh earrannan 67 agus 68 leigeil le solaraichean àite-fuirich ath-sgrùdadh taobh a-staigh iarraidh air co-dhùnaidhean a nì an t-ùghdarras ionadail agus an uair sin ath-thagraidh a dhèanamh don [Tribiunal Ciad Ìre airson na h-Alba](#) (a tha an-dràsta a’ dèiligeadh ri ath-thagraidhean cìs comhairle, lùghdachadh cìs comhairle, cosgaisean uisge agus reataichean neo-dhachaigheil). Chan eil fiosrachadh anns a’ Bhile mu na pròiseasan ath-bhreithneachaidh agus ath-thagraidh, ag ràdh gum bi iad air am mìneachadh ann an riaghailtean às dèidh làimhe; ge-tà, tha earrannan 67 agus 68 a’ mìneachadh dè bu chòir a bhith air a chòmhdach anns na riaghailtean seo. Tha adhbhar na dòigh-obrach seo ga mhìneachadh gu ìre anns a’ Mheòrachan Ionmhais, a thaobh chosgaisean a dh’fhaodadh a bhith an lùib pròiseas tagraidh:

“ Chan eil ullachaidhean anns a’ Bhile a thaobh ath-thagraidhean ach tha e a’ toirt cumhachdan do Mhinistearan na h-Alba riaghailtean a dhèanamh gus ullachadh airson ath-thagraidhean. Mar chis ionadail roghnach ùr a tha gun samhail san RA, tha mì-chinnt ann a thaobh meud agus farsaingeachd an t-siostaim ath-thagraidh a bhiodh a dhìth airson a’ chumhachd roghnaich ùir seo agus mar sin chan eil tuairmsean ionmhais coimeasach rim faighinn.”

Pàirtean 6 agus 7 – na bhios am Bile a’ dèanamh

Airson cìs luchd-tadhail a bhith ag obair, bu chòir clàr a bhith aig an ùghdarras ionadail de gach solaraiche àite-fuirich san sgìre. Tha Pàirt 6 a’ leigeil le ùghdarras ionadail clàr de “dhaoine buailteach” a chruthachadh agus a chumail, ach dìreach ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh. Bhithear an dùil gum b’ urrainn do ùghdarrasan ionadail seo a dhèanamh mar-thà, leis gum bi mòran den fhiosrachadh a dh’fheumar ri fhaighinn bhon sgeama ceadachd màl gearr-ùine agus Clàr Luachaidh Reataichean Neo-dhachaigheil. Tha Measadh Buaidh air Dìon Dàta a’ Bhile³ ag ràdh gu bheil e coltach gum bi clàr a’ toirt a-steach dàta pearsanta mu sholaraichean àite-fuirich leithid ainmean, seòlaidhean, còdan-

puist agus àireamhan fòn.

Tha earrann 70 a' leigeil le ùghdarras ionadail fiosrachadh a cho-roinn le ùghdarras ionadail eile, na h-oifigearan aca agus buidhnean eile le ùghdarras gnìomhan sgeama cìs luchd-tadhail a choileanadh. A thaobh dìon dàta, a bharrachd air cùisean eile co-cheangailte ris a' Bhile, tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh stiùireadh nàiseanta a leasachadh ann an co-obrachadh le riaghaltas ionadail agus gnìomhachas na turasachd: "Bidh an stiùireadh seo ag amas air a' chleachdadh as fheàrr a thaobh làimhseachadh dàta le ùghdarrasan ionadail airson a' chis a riaghladh".

Mar a tha cumanta anns na h-earrannan mu dheireadh den mhòr-chuid de bhilean, tha Pàirt 7 a' mìneachadh grunn bhriathran cudromach a thathar a' cleachdadh tron Bhile, fiosrachadh mu thòiseachadh agus tiotal goirid na h-Achd (ma thèid gabhail ris a' Bhile agus a chur an gnìomh).

Cosgaisean air ùghdarrasan ionadail

Tha am Meòrachan Ionmhais (MI) ag aithneachadh bhon chiad dol a-mach nach eil ach beagan ùghdarrasan ionadail dualtach sgeama cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach leis gu bheil a' bhunait chìsean (luchd-tadhail a tha a' fuireach ann an àiteachan-fuirich malairteach) ann am mòran sgìrean ùghdarras ionadail "gu math beag", agus mar sin gum biodh teachd-a-steach anns na h-àiteachan sin ìosal an coimeas ris na cosgaisean an lùib toirt a-steach cìs luchd-tadhail. Chan e cìs a tha seo a thèid a thoirt a-steach air feadh na h-Alba air fad. Mar sin, tha am MI ag amas air cosgaisean a mheasadh air stèidh ùghdarras ionadail fa leth seach airson a h-uile ùghdarras ionadail.

Tha dùil nach bi ach cosgaisean "anabarrach beag" air Riaghaltas na h-Alba (ged a dh'fhaodadh cosgaisean a bhith co-cheangailte ri pròiseas ath-thagraidh, rud a thèid a dhearbhadh nas fhaide air adhart). Mar sin is iad na cosgaisean a bharrachd as cudromaiche a chaidh a sgrùdadh sa MI an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air ùghdarrasan ionadail, solaraichean àite-fuirich agus an luchd-tadhail fhèin.

Cosgaisean do dh'ùghdarrasan ionadail

Tha am MI a' dearbhadh gum feum ùghdarrasan ionadail coinneachadh ris na cosgaisean aca fhèin co-cheangailte ri toirt a-steach sgeama chìsean sna sgìrean aca - cha toir Riaghaltas na h-Alba maoinachadh a bharrachd seachad gus cuideachadh le cosgaisean tòiseachaidh no obrachaidh. Thathas an dùil gum bi cosgaisean tùsail air am maoinachadh bho bhuidseatan làithreach, agus am MI ag ràdh gum bi iad sin dualtach a bhith "air an cur an aghaidh teachd-a-steach a thig bhon chìs luchd-tadhail". Bidh cosgaisean gu ìre mhòr co-cheangailte ri barrachd chosgaisean luchd-obrach (fastadh agus trèanadh) agus cosgaisean co-cheangailte ri solar is cumail suas siostam IT. Ach:

“ Chan eil am Bile ag òrdachadh nan gnìomhan, pròiseasan agus siostaman ùra a dh'fheumas ùghdarras ionadail gus cìs luchd-tadhail a chur an gnìomh agus obrachadh. Mar sin bidh ìre de shaorsa aig ùghdarrasan ionadail a thaobh dòigh-obrach agus dealbhadh phròiseasan is shiostaman den leithid, gan dèanamh freagarrach do na suidheachaidhean ionadail aca fhèin.”

Tha am MI a' gabhail a-steach raon chosgaisean a dh'fhaodadh a bhith air ùghdarrasan ionadail, le luchd-anailis Riaghaltas na h-Alba ag obair còmhla ri COSLA air na h-àireamhan seo:

1. Cosgaisean co-chomhairle air moladh gus sgeama cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach, air a dhèanamh leis an ùghdarras no le buidheann-chomhairle taobh a-muigh. Is e a' chosgais thuairmseach **£10,000 gu £20,000**
2. Na cosgaisean airson sgeama cìs luchd-tadhail a stèidheachadh a thaobh shiostaman IT ùra, pròiseasan, clàr sholaraichean, conaltradh leis an roinn, fastadh agus trèanadh luchd-obrach. Is e a' chosgais thuairmseach **£100,000 gu £460,000**.
3. Bidh na cosgaisean obrachaidh leantainneach a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach sa mhòr-chuid, le tuairmse de thriùir gu còignear luchd-obrach a bharrachd a dh'fhaodadh aig £35,000 an duine sa bhliadhna. **Tuairmse de £145,000 gu £240,000** airson na mòr-chuid de chomhairlean agus **suas ri £500,000 airson Comhairle Baile Dhùn Èideann** (mar thoradh air na h-àireamhan nas àirde de sholaraichean àite-fuirich).

Tha cosgaisean stèidheachaidh anns a' MI stèidhichte air tuairmsean a thug na h-ùghdarrasan ionadail fhèin seachad agus a' gabhail a-steach solar airson siostam IT (no ùrachadh air siostam a th' ann mar-thà); fastadh agus trèanadh; agus cosgaisean iomairt togail aire. Tha am MI ag innse dhuinn gun deach an raon cosgais iomlan eadar £100,000 agus £460,000 àrdachadh 200%, a rèir cleachdadh Leabhar Uaine Roinn Ionmhais na RA, "airson toirt fa-near gu bheil tuairmsean ùghdarrasan ionadail buailteach a bhith ro dhòchasach".

Cosgaisean air solaraichean àite-fuirich

Tha e coltach gum bi diofar chosgaisean air solaraichean àite-fuirich ma cho-dhùineas an t-ùghdarras ionadail aca sgeama cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach. Tha iad sin air an seòrsachadh sa MI mar chosgaisean stèidheachaidh no cosgaisean rianachd leantainneach. Tha cosgaisean stèidheachaidh a' gabhail a-steach pàigheadh airson ùrachadh air siostaman riaghlaidh thogalaichean agus cosgaisean bathar-bog is trèanadh, agus tha cosgaisean leantainneach a' toirt a-steach ullachadh airgead a chur don ùghdarras ionadail agus cosgaisean cumail chlàran. Bidh iad sin ag atharrachadh a rèir meud a' ghnìomhachais agus tha cosgaisean eadar-dhealaichte sa MI airson meanbh-ghnìomhachasan (tionndadh nas lugha na £85,000) agus gnìomhachasan beaga (nas lugha na 50 neach-obrach). Chan eil e soilleir carson nach eil tuairmse air cosgaisean do ghnìomhaichean nas motha sa MI, oir tha còrr is 200 solaraiche àite-fuirich ann an Alba le barrachd air 50 luchd-obrach ¹⁷.

Clàr 2: Cosgaisean ris a bheil dùil airson gnìomhachasan nas lugha san roinn àite-fuirich

	Bliadhna mus tig cìs luchd-tadhail a-steach	Bliadhna a thèid a thoirt a-steach	Cosgais leantainneach (bliadhna 1)	Cosgais leantainneach (bliadhna 2)
Meanbh-sholaraichean àite-fuirich (tionndadh nas lugha na £85k)	£150 - £1,100	£200-£850	£200-£850	£200-£850
Solaraichean beaga gu meadhanach (tionndadh £1m gu £5m)	£3,000 -£10,000	£300 - £400	£300 - £400	£300 - £400

Cluinnidh a' Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhaidh bho raon de sholaraichean àite-fuirich thairis air na mìosan a tha romhainn agus nì iad sgrùdadh còmhla riutha air na diofar bharailean agus tuairmsean sa Mheòrachan Ionmhais agus sa BRIA. Bidh Comataidh Ionmhais is Rianachd Poblach na Pàrlamaid cuideachd a' dèanamh an sgrùdaidh aca fhèin air a' MI agus ag aithris don Chomataidh Riaghaltas Ionadail, Taigheadais agus Dealbhaidh mar a' phrìomh chomataidh.

Cosgaisean air an luchd-tadhail fhèin

Gun teagamh, bidh cosgaisean a bharrachd ann do luchd-tadhail thar oidhche a bhios a' fuireach ann an sgìrean far an tèid sgeama cìs luchd-tadhail a thoirt a-steach. Tha am MI a' gabhail ris, coltach ri dùthchannan eile, nach bi an t-suim a thèid a phàigheadh gach oidhche ach cuimseach beag; ach, mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, chan eil crìochan sam bith sa Bhile air na reataichean sa cheud a dh'fhaodas ùghdarrasan ionadail a chur an

sàs. Tha am BRIA a' modaileadh reataichean eadar 1% agus 7% gus an raon chosgaisean thar àiteachan Eòrpach eile a nochdadh.

Tha sia eisimpleirean sa MI de thurasan luchd-tadhail agus cosgais cìse (air duilleag 20) ²⁶. Tha iad sin a' dol bho chosgais Cìs Luchd-tadhail de £1.60 airson aon neach a' fuireach dà oidhche ann an taigh-òsta ann an Obar Dheathain, gu cosgais £7.75 airson teaghlach a' fuireach seachdain ann an àite-fuirich fèin-fhrithéalaidh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Tha an dà shuidheachadh seo a' modaileadh cìse 1% agus mar sin tha na suimean gu math beag. Ach, ma tha a' Chìs aig 5% no 6%, bidh £35 no £40 a bharrachd ri phàigheadh airson seachdain de làithean-saora nas follaisiche do mhòran theaghlaichean. Tha an clàr a leanas a' taisbeanadh nan aon suidheachaidhean a tha anns a' MI, ach a' toirt a-steach cosgaisean a bharrachd as coltaiche a bhith ann airson reataichean 3%, 5% agus 7%:

Clàr 3: Eisimpleirean de thurasan luchd-tadhail agus cìs luchd-tadhail ri phàigheadh thar seòrsaichean àite-fuirich eadar-dhealaichte (4 diofar reataichean)

Tuairisgeul	Pris	Cosgais iomlan a tha buailteach do chis	Cìs Luchd-tadhail lomlan ri Phàigheadh (1%)	Cìs Luchd-tadhail lomlan ri Phàigheadh (3%)	Cìs Luchd-tadhail lomlan ri Phàigheadh (5%)	Cìs Luchd-tadhail lomlan ri Phàigheadh (7%)
Càraid ann an Dùn Èideann airson deireadh-seachdain fada (3 oidhcheannan) ann an taigh-òsta aig pris chuibheasach	£220 gach seòmar gach oidhche	£660	£6.60	£19.80	£33.00	£46.20
Aon neach a' fuireach 2 oidhche ann an taigh-òsta aig pris chuibheasach ann an Obar Dheathain	£80 gach seòmar gach oidhche	£160	£1.60	£4.80	£8.00	£11.20
2 chàraidean a' tadhal air Dùn Èideann airson saor-làithean goirid (4 oidhcheannan) a' cleachdadh Airbnb	£170 gach àite gach oidhche	£680	£6.80	£20.40	£34.00	£47.60
4 luchd-tadhail poca-droma a' fuireach 3 oidhcheannan ann an ostail sa Ghàidhealtachd	£30 gach àite-leapa gach neach	£360	£3.60	£10.80	£18.00	£25.20
Teaghlach de chòignear air seachdain de shaor-làithean sa Ghiblean ann an àite fèin-fhrithéalaidh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd	£775 airson seachdain	£775	£7.75	£23.25	£38.75	£54.25
Teaghlach de cheathrar air seachdain de shaor-làithean samhraidh aig làrach charabhanaichean	£40 gach làrach gach oidhche	£280	£2.80	£8.40	£14.00	£19.60

Faodar gabhail ris gum biodh grunn dhaoine air saor-làithean ann an Alba, gu h-àraidh an fheadhainn air teachd a-steach ìosal, nach b' urrainn uiread a chosg air bathar is seirbheisean eile air an turas aca, mar eisimpleir cuimhneachain, biadh is deoch, turas agus eòlasan cultarail eile, nam feumadh iad barrachd a phàigheadh air àite-fuirich. Ach, tha am BRIA a' toirt iomradh air suirbhidh ann an Dùn Èideann ann an 2018 a lorg nach robh ach 14% de luchd-tadhail ag ràdh gum biodh iad dualtach cosgaisean eile a lùghdachadh nan deigheadh cìs turasachd £1 no £2 gach seòmar gach oidhche ann an Dùn Èideann ⁷.

Buaidh a dh'fhaodadh a bhith air àireamhan luchd-turais

Tha Measadh Buaidh air Gnìomhachas is Riaghladh a' Bhile (BRIA) ¹ agus an Leas-phàipear co-cheangailte ⁷ a' mìneachadh tuilleadh sgrùdaidh bho Riaghaltas na h-Alba air a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' Bhile air solaraichean àite-fuirich, àireamhan luchd-turais agus an eaconamaidh san fharsaingeachd.

A thaobh cìsean luchd-turais a' toirt buaidh air tarraingeachd àite, tha am BRIA a' comharrachadh fianais bho chuid de bhailtean-mòra Eòrpach a tha air cìsean luchd-turais a thoirt a-steach no a chur an-àirde o chionn ghoirid, a sheallas "gu bheil àireamhan luchd-tadhail air fàs san fharsaingeachd às dèidh na cìsean sin a thoirt a-steach". Tha anailis a' cuimseachadh air na dh'fhiosraich Barcelona, Berlin, Lisbon, Hamburg agus Paris. Anns a h-uile baile-mòr ach aon, chaidh àireamhan luchd-tadhail thar oidhche an-àirde gu mòr bho chaidh cìsean còmhnaidh a thoirt a-steach, le Hamburg agus Lisbon a' faicinn àrdachadh 62% agus 40% fa leth. Mar sin, chan eil mòran fianais ann bho na h-eisimpleirean seo gu bheil toirt a-steach cìsean turasachd air luchd-tadhail a chur dheth. A dh'aindeoin sin, tha am BRIA cuideachd ag aithneachadh "gu bheil cunnart ann gun tig droch bhuidhean eaconamach bho bhith a' toirt a-steach cìsean a bharrachd air an eaconamaidh luchd-tadhail ann an sgìrean ionadail".

Tha roinn na turasachd air draghan a nochdadh gum faodadh cìs ùr buaidh a thoirt air farpaiseachd na h-Alba a bharrachd air cliù na h-Alba mar cheann-uidhe a tha fàilteachail do luchd-turais, gu h-àraidh an taca ri pàirtean eile den RA ¹⁵. A' sgrìobhadh san Fhaoilleach 2023, chomharraich Caidreachas Turasachd na h-Alba gu bheil timcheall air 70% de thurasachd na h-Alba a' tighinn bhon mhargaidh dhachaigheil, i.e. daoine bho air feadh na RA a' tighinn a dh'Alba airson cur-seachad no gnìomhachas. Mar sin:

".....tha an èiginn cosgais bith-beò mu thràth a' toirt fìor bhuidh air turasachd agus aoiageachd. Tha clàraidhean sìos gu mòr agus caiteachas luchd-tadhail a' crìonadh, agus tha an ro-aithris airson na h-ath bhliadhna na adhbhar dragh mòr dha na roinnean turasachd agus aoiageachd. Mar a bhios gnìomhachas turasachd na h-Alba a' coimhead a dh'ionnsaigh ath-bheothachadh às dèidh COVID agus a' toirt aghaidh air duilgheadasan eaconamach gun samhail a thaobh atmhorachd nas àirde na riamh, prìsean lùtha ag èirigh, buidseatan taigheadais fo uallach agus crìonadh san eaconamaidh, cuiridh cìs turasachd eallach ionmhasail a bharrachd air teaghlaichean is gnìomhachasan sna bliadhnaichean ri teachd ²² "

Le toirt a-steach cìs, faodaidh solaraichean àite-fuirich an dàrna cuid a' chosgais a bharrachd iarraidh bhon neach-ceannaich no a' phris iomlan a chumail mar a bha e agus cosgaisean na cìse a phàigheadh iad fhèin, a' lùghdachadh phrothaidean. Bhiodh buaidh na cìse air àireamhan luchd-turais thar oidhche an urra ri grunn nithean, a' gabhail a-steach cho àrd 's a tha reat na cìse, neart tairgse luchd-turais na sgìre, suidheachadh ionmhais pearsanta an neach-ceannaich agus an robh roghainnean eile rim faighinn. Bidh e an urra ri ùghdarrasan ionadail fa leth co-dhùnaidhean a dhèanamh stèidhichte air na nithean sin, agus eile.

Tha Leas-phàipear a' BRIA a' toirt iomradh air suirbhidh bho Chomhairle Baile Dhùn Èideann ann an 2018 air barail luchd-tadhail mu na shaoileadh iad mu chis bheachdail de

£1 no £2 gach seòmar gach oidhche ann an Dùn Èideann ⁷ . Lorg an t-suirbhidh nach biodh a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt (75%) air na planaichean aca atharrachadh mar fhreagairt air a' chis. San aon dòigh, mhol rannsachadh a rinn VisitScotland ann an 2017 nach robh prìs thaighean-òsta/àite-fuirich na chùis chudromach airson beachdachadh air tadhal air Alba, le dìreach 6% de luchd-tadhail a' nochdadh gun do bhrosnaich seo iad tighinn a dh'Alba:

“ Bha luchd-tadhail air an tarraing sa mhòr-chuid leis a' bheairteas nàdarra agus chultarail, le prìomh adhbharan eile air an ainmeachadh a' gabhail a-steach: teàrmann; tadhal air caraidean/teaghlach; gun robh i am fagas; daoine càirdeil; agus raon de rudan ri dhèanamh. . ¹ ”

Thuir sgìoba Bile Cìs Luchd-tadhail Riaghaltas na h-Alba gu bheil an “tairgse luchd-tadhail nas fharsainghe” a' ciallachadh gu bheil an RA “na ceann-uidhe air leth tarraingeach agus gu math àrd anns an rangachadh”, le Alba gu sònraichte a' taisbeanadh “mòran thabhartasan gun samhail”:

“ Bidh daoine a' tighinn a chluiche goilf ann an Cill Rìmhinn. Bidh daoine a' tighinn a dh'fhaicinn caisteal Dhùn Èideann. Bidh daoine a' tighinn a thomadh òrdag mhòr ann an Glumagan nan Sìthichean san Eilean Sgitheanach no a lorg uilebheist Loch Nis. Chan fhaighear leithid nan eòlasan sin ann an àite sam bith eile ⁴ ”

Bibliography

- 1 Scottish Government . (2023, May). Visitor Levy (Scotland) Bill: Business and Regulatory Impact Assessment (BRIA). Retrieved from <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/impact-assessment/2023/05/visitor-levy-bill-business-regulatory-impact-assessment/documents/visitor-levy-scotland-bill-business-regulatory-impact-assessment-bria/visitor-levy-scotland-bill-business-regulatory-impact-assessment-bria/govscot%3Adocument/visitor-levy-scotland-bill-business-regulatory-impact-assessment-bria.pdf>
- 2 Scottish Government. (2023). Visitor Levy (Scotland) Bill: island communities impact assessment. Retrieved from <https://www.gov.scot/publications/visitor-levy-scotland-bill-island-communities-impact-assessment-icia/pages/2/>
- 3 Scottish Government. (2023). Data Protection Impact Assessment Visitor Levy (Scotland) Bill. Retrieved from <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/impact-assessment/2023/05/visitor-levy-bill-data-protection-impact-assessment/documents/visitor-levy-bill-dpia/visitor-levy-bill-dpia/govscot%3Adocument/visitor-levy-bill-dpia.pdf>
- 4 Scottish Parliament. (2023, June). Official Report of Local Government, Housing and Planning Committee 18th Meeting 2023. Retrieved from <https://www.parliament.scot/chamber-and-committees/official-report/search-what-was-said-in-parliament/LGHP-20-06-2023?meeting=15389&iob=131285> [accessed 2023]
- 5 Scottish Government. (2023). Visitor Levy (Scotland) Bill, Policy Memorandum. Retrieved from <https://www.parliament.scot/-/media/files/legislation/bills/s6-bills/visitor-levy-scotland-bill/introduced/policy-memorandum-accessible.pdf>
- 6 Welsh Government. (2022, September). A visitor levy for Wales. Retrieved from <https://www.gov.wales/a-visitor-levy-for-wales>
- 7 Scottish Government. (2023). Annex to the Visitor Levy Bill: business and regulatory impact assessment. Retrieved from <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/impact-assessment/2023/05/visitor-levy-bill-business-regulatory-impact-assessment/documents/annexes/annexes/govscot%3Adocument/annexes.docx>
- 8 Scottish Government. (2023, February). Scottish Local Government Finance Statistics 2021-22. Retrieved from <https://www.gov.scot/publications/scottish-local-government-finance-statistics-2021-22/>
- 9 Scottish Government and COSLA. (n.d.) New Deal with Local Government Verity House Agreement. Retrieved from <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/agreement/2023/06/new-deal-local-government-partnership-agreement/documents/new-deal-local-government-verity-house-agreement/new-deal-local-government-verity-house-agreement/govscot%3Adocument/new-deal-local-government-verity-house-agreement.pdf> [accessed 2023]
- 10 Association of Scottish Self-Caterers. (2023). Scottish Tourism response to introduction of Visitor Levy (Scotland) Bill to the Scottish Parliament. Retrieved from <https://www.assc.co.uk/legislation/scottish-tourism-response-to-introduction-of-visitor-levy-scotland-bill-to-the-scottish-parliament>

- 11 COSLA. (2018). Transient Visitor Tax. Retrieved from https://www.cosla.gov.uk/__data/assets/pdf_file/0027/16389/coslatransientvisitortax.pdf
- 12 Edinburgh City Council. (2018, October). A Consultation on the City of Edinburgh Council proposal for a Transient Visitor Levy/ Tourist Tax within the city. Retrieved from <https://consultationhub.edinburgh.gov.uk/ce/tvl/>
- 13 Scottish Government. (2016, November). Written response to parliamentary question S5O-00343. Retrieved from <https://www.parliament.scot/chamber-and-committees/questions-and-answers/question?ref=S5O-00343>
- 14 Scottish Government. (2018, August). Written response to Parliamentary Question S5W-17629. Retrieved from <https://www.parliament.scot/chamber-and-committees/questions-and-answers/question?ref=S5W-17629>
- 15 Scottish Government. (2019, March). Tourist Taxes in Scotland Messages from the National Discussion. Retrieved from <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/research-and-analysis/2019/03/tourist-taxes-scotland-messages-national-discussion/documents/tourist-taxes-scotland-messages-national-discussion/tourist-taxes-scotland-messages-national-discussion/govscot%3Adocument/tourist-taxes-scotland-messages-national-discussion.pdf>
- 16 Scottish Government. (2022). Investing in Scotland's Future: Resource Spending Review. Retrieved from <https://www.gov.scot/binaries/content/documents/govscot/publications/strategy-plan/2022/05/investing-scotlands-future-resource-spending-review/documents/investing-scotlands-future-resource-spending-review/investing-scotlands-future-resource-spending-review/govscot%3Adocument/investing-scotlands-future-resource-spending-review.pdf>
- 17 Scottish Government. (2023). Growth Sector Statistics. Retrieved from <https://www.gov.scot/publications/growth-sector-statistics/>
- 18 Scottish Tourism Alliance. (2020). Scotland Outlook 2030. Retrieved from <https://scottishtourismalliance.co.uk/wp-content/uploads/2020/03/Scotland-Outlook-2030.pdf>
- 19 VisitScotland. (2020). Key facts on Scottish tourism 2019. Retrieved from <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/research-insights/key-facts-on-tourism-in-scotland-2019.pdf>
- 20 Scottish Tourism Alliance. (2023). STA Update: Latest industry survey reveals majority of Scottish tourism and hospitality sector financially fragile and still in survival mode. Retrieved from <https://scottishtourismalliance.co.uk/sta-update-latest-industry-survey-reveals-majority-of-scottish-tourism-and-hospitality-sector-financially-fragile-and-still-in-survival-mode/>
- 21 Scottish Government. (2023). Visitor Levy (Scotland) Bill Explanatory Notes. Retrieved from <https://www.parliament.scot/-/media/files/legislation/bills/s6-bills/visitor-levy-scotland-bill/introduced/explanatory-notes-accessible.pdf>
- 22 Scottish Tourism Alliance. (2023). Local Visitor Levy Manifesto with Recommendations. Retrieved from <https://scottishtourismalliance.co.uk/wp-content/uploads/2023/01/Scottish-Tourism-Alliance-Local-Visitor-Levy-Manifesto-Published-13.01.2023.pdf>

- 23 Edinburgh City Council. (2023). A visitor levy for Edinburgh, progress report and draft proposal - final. Retrieved from <https://democracy.edinburgh.gov.uk/mgConvert2PDF.aspx?ID=60115>
- 24 Scottish Tourism Alliance. (2023). Local Visitor Levy Manifesto. Retrieved from <https://scottishtourismalliance.co.uk/wp-content/uploads/2023/01/Scottish-Tourism-Alliance-Local-Visitor-Levy-Manifesto-Published-13.01.2023.pdf>
- 25 Scottish Government. (2023, September). Letter from the Scottish Government to the Convener of the Local Government, Housing and Planning Committee. Visitor Levy (Scotland) Bill – interaction with VAT. Retrieved from <https://www.parliament.scot/bills-and-laws/bills/visitor-levy-scotland-bill/stage-1#CommitteeWork>
- 26 Scottish Government. (2023). Visitor Levy (Scotland) Bill, Financial Memorandum. Retrieved from <https://www.parliament.scot/-/media/files/legislation/bills/s6-bills/visitor-levy-scotland-bill/introduced/financial-memorandum-accessible.pdf>
- 27 VisitScotland. (2020, December). Cruise tourism. Retrieved from <https://www.visitscotland.org/research-insights/about-our-industry/cruise-tourism-insights>
- 28 Association of Scottish Visitor Attractions. (2023, May). ASVA responds to Visitor Levy (Scotland) Bill. Retrieved from <https://asva.co.uk/asva-respond-to-visitor-levy-scotland-bill/>

Scottish Parliament Information Centre (SPICe) Briefings are compiled for the benefit of the Members of the Parliament and their personal staff. Authors are available to discuss the contents of these papers with MSPs and their staff who should contact Greig Liddell on telephone number 86589 or greig.liddell@parliament.scot.

Members of the public or external organisations may comment on this briefing by emailing us at SPICe@parliament.scot. However, researchers are unable to enter into personal discussion in relation to SPICe Briefing Papers. If you have any general questions about the work of the Parliament you can email the Parliament's Public Information Service at sp.info@parliament.scot. Every effort is made to ensure that the information contained in SPICe briefings is correct at the time of publication. Readers should be aware however that briefings are not necessarily updated or otherwise amended to reflect subsequent changes.

